[DA 1]

CO-CHRUINNEACH
DH' ORAIN
THAGHTE GHAELEACH,
NACH ROBH RIAMH ROIMH ANN AN.
CLO-BUALA.

Na gadhail thana ghlana chruaidh,
Ga buin gach uail thaobh airm a-s eidi,
Leomhain scairtail ghaisgail bhuadhar,
O thur uasal na feinne.

LES AN UGHDAR DONNCHA MAC INTOISICH.

<eng>Edinburgh:
PRINTED BY JOHN ELDER.<gai>

1831.

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

<eng>
TO THE PUBLIC.

THE following Songs are chiefly the composition of MARGARET M'GREGOR, wife of DONALD GOW, Auchinrie, Parish of Blair-Athol; and of DUNCAN M'GREGOR, Braes of Foss; accompanied by a few more ancient and modern songs, never before in print; carefully collected from the most authentic oral sources, and now for the first time offered to the Public; that, by their local associations, they might foster that patriotic spark, which glows so brightly in the breast of every true Highlander; as well as to keep in remembrance our ancient Language, of which we are so justly proud.

DUNCAN MACKINTOSH.

Edinburgh, August, 1831.<gai>

[DA 4-6]

CLAR INSEADH.

[TD 1]

ORANAN.

<eng>This Song was made by Margaret M'Gregor, to Colonel Alexander Robertson, of Strowan.

Your welcome, Strowan, back again,
To hear the tiding I'll raise my song;
To drink your health with all my heart,
It's my intention to make it known.

To make it known of your famous birth,

You are the heir of this ancient state,
And of all forefathers I have knowledge,
That you are born of noble blood.
Your welcome, Strowan, &c.

How great enjoy came to this place,
They know well over you are our chief,
To hear the story their heart rejoicing,
Their grief and sorrow that turn to mirth.
Your welcome, Strowan, &c.

[TD 2]

Its now enjoy come to light,
O'er all Scotland to sing and dance,
There is great occasion except the saying,
That you'r safely come to your right.
Your welcome, Strowan, &c.

Your highland glens will reform their greif
Through Rannoch braes the same rehearse,
With great desire will make bone-fire
Our liquor dry'd with all your health.
Your welcome, Strowan, &c.

Colonel Robertson was your name,
As abroad you have lately been;
But now its truly your right renewed,
The heir of Strowan and chief of kin.
Your welcome, Strowan, &c.

There was great loss at Culloden muire
The north of Scotland was brought to ruin;
Our chiefs were forced to go abroad.
But now they'll prosper as before.
Your welcome, Strowan, &c.

Can any tell me of a farther sight,
Any man of a greater might,
Who fight the battles with courage bold.
And makes the foes to take the flight.
Your welcome, strowan, &c.

When you'll draw the sword with your valiant hand,
The gold plated pistols at your command,
Who could offer to stand before you,

[TD 3]

Or beare the stroke when you are in rage.
Your welcome, Strowan, &c.

If its my song were tun'd in earth
It would not be a trial to explain'd right,
If its wrong excuse your hand,
Be not offended at all my works.
Your welcome, Strowan, &c.<gai>

Oran le mairiread ghrigarach do brathrean
Bha an cog America,
Air fonn tha mo chiabhon air glasa tha iad liath o cheann fhada,

Ged tha sinne an so an drast,
Gun trioblaid gun anra,
Gun aisidh ach samhach
Le pailteas bhi lamh ruinn,
Do gach ni dheana sta dhuinn,
Siad mo thruaigh na cairde,
Tha gam buala sna blaraibh,
Gun chaidribh gun bhaigh on na naimhde,
Gun chaidribh, &c.

Siomad bean bha gle statail,
Thog a mac gu h ur alainn,
Bean na cabhaig ga sarach,
An duile na maire e lathair,
Gum biadh haran deth sabhailt,
Tha an diu na shin sa n arich,
Gun anart gu alach,

[TD 4]

Gun duine sa n lathair ni annlac,
Gun duine sa &c.

Se so bhrosnich mo chanail,
Mheud s tha chuideachd mo ghraidh ann
Brathair m athar s mo bhrathairean,
S iomad cairid ro a rid,
N aimn cha n urr mi airamh,
Ach tha mi duilich an caramh,
Mo chreach s nach urr mi sta dheunamh dhaibhsan.

Donnacha s iain s domhnul,
Dh fhag moi chrdhse bronach,
C uime a m b iogantach dhomhsa,
Luchd a sheasamh mo choir dhomh,
Ga ba dual o nar seorsa,
Bhi lan misneach is morchuis,
Clann a ghrigair nan srola,
Ged bha iad briste le foirneart luchd gamhnlas.

Chualas sgeul a chionn seachdain,
Mo bhrathair fein bhi na chaiptain,
Ann a reismaid righ shasunn,
Chuir sud eibhneas air m aigne,
Gum b heil do dheigh air a cheartas,
Gun eucair chleachd,
Ach mheud sa b fheudar chuir smachd air a naimhdain.

Cha nann gu fabhar a dhuine,
Chaidh na blarabh a chumail,
Ach bhi gu namhadach fuileach,
Chum sgu n cailta na h urrad,

[TD 5]

Mar biodh tu ganhmlasch guineach,

Mheasa cach thu neo dhunneil do d mhaister.

Ma fhuair thu inibh san saoghal
Thu bhi d cheannard air daoine,
Na caidh foill air h aon diu,
Lean a n fhirinn le saothair,
Na bi milteach ma fhaodas,
Chum s gu sealbhich thu oighreachd s aird.

Ged s fhad thu o d dhuthich,
Gun luchd do chomhairle dlu ort,
Choidh nar fhaic thu le d shuilean,
Ni do n dodh tu lub,
Air son beartas no cuineadh,
Do thoirt leth taoth gu d dhiu ail,
Na leig le t aigne choidh tionnda gu aingieachd.

Smi do phiuthir ro dhileas,
Cha d theid mi radh ach n fhirinn,
Cha n e do mholadha ni mi,
Ach dh fhage toillichte m intinn,
O nach masla na mi chliu,
Thug a mach thu a d righeachd,
Ach meud do misneach is t inntin neo leanabidh.

S e thug a d dhuthich thu an toiseach,
Mhead s bha chliu air a phort ud,
Chum s gu n dublaig a stoc leat,
O nach bfhiu leat do phorsan,
Thoirt do thealeach gu socair,
Gu meas s gu inibh s gu coslach mar bail leat.

[TD 6]

Deigh dhut gabhail gu socair,
Ann a probhans Niuyorc,
An taogh ordugh is fortain,
Ni s daoine ma d dhorsan,
Fearann saor air a choisne,
B fheudar erigh am brosnach righ alba,

S fhad n uine coig bliadhna.
S tha e nis le riadh ann,
On a thoisich mia thlachd,
Bha righ Deorsa cho dioltach,
Tagra coir air na criochan,
Mar chaidh ordach a riamh dha,
S fhad a beo e ma s diolair dha an t eanmheach.

Ach a righ th ann s na flaitheas,
Dh ordich plaigh leis a chlaidh,
Chum an t alach a scadh,
Bha brais dan air dhroch labhairt,
S nach do chuimhnich a mhaitheas,
S mheud sa rinn thu dhuinne roimh gar tearna.

Ma chuir thu mach do shlat sguirsidh,
Chum an t aitim chiurr,
Ga robh na cridheachan dubailt,
S nach deana dhut umhlachd,

Na lean do dhioltas gu chulthaobh,
Ma d thig am bas thoir dhoibh uine gu tionnda

Aisig siocha an aithghearr,
On s tu tha riaghal air thalamh,
Cuir casg air dioltas na fala,
Caisg air t iartas na lannaibh

[TD 7]

Tha le dioras gan tarruing,
Ni th ann ma shioruidheachd a mhairas,
Ach ma ni a thriallas ri tamal beag aimsir.

Cha neil san t shaoghal so ach faileas,
Mar chi sibh braon chlachan meallain,
Thig na n taom air an talamh,
Nuch maire aonte ro aithghearr,
Air meud an saibhras san earrais,
Nuair a thig an t aog cha neil mionaid gu dail ann.

Ach so dhiarainsa fhabhar,
Mar ri siacha on ard righ,
Beagan uine mas bas domh,
S gu m faicinn mo bhrathair,
Thus a iain mhic phadrig,
Am braigh rannach a thamh,
Mar bha an t aitim on d fhas thu,
Meas sa n onair san slaint neo chearbach.

Mar eil an gnothach so an dan domh,
S fheudar dhomh bhi taingail,
Sa bhi smuaineach thaobh nadair,
Gun lionar trioblaid shiol adhamh,
O linn a mheas bha sa gharidh,
Thuga m brise ud fearneart nach gann orra.

[TD 8]

Oran le Marriread Grigarach do Corneil Alaster Robastan tighearna Shruain is e gu tinn anns an fhiabhras.

Och nan och mar a ta mi,
S mi gu brath aig o mhulad,
Se an sgeul a thainig as ur oirn,
Dh fhag e dubailt guin orm,
Na h uile ni thain riamh oirn,
Chuir so air dio chuimhne iad uile,
Sgeul cinnteach s cha mheareachd,
Si chreach fa dheire is strume.

Si chreach fa dheire is truma,
S aobhar mulad e s duthich,
S mor ionntrichinn athal,
Nam bhi labhairt an cuisuidh,
Cha neil an gearain gun reasan,
Ma do dheibhin thighearna Shruain,
Thu bhi ad luidh ann am fiabhras,
Fath miargain ri chunta.

Fath m iargain ri chunnta,
S be mo dhiubhail e thachairt,
Thu bhi d luidh s gun surd ort,
Sud a chuis tha mi g acain,
Mar dean do Shlaint riut pilleadh,
Sgur ceann fine agus feachd thu,
Sar uachdran ar tire,
Ar sgia dhion is ar cul taic thu.

Ar sgia dhion is ar cul taic thu,
Be mo chreach bhi ga leubh,

[TD 9]

S tric mo shuil air a chlachain,
Dh fheuch am faic mi fear h eagais,
Ann an deise do n scarlaid,
Gabhail sraid air an relan,
Ach ma chaochail thu tabhaist,
Stearc on diu mo ghair eibhinn.

Stearc an diu mo ghair eibhinn,
Nam bhi leubh mo chor-adh,
Ma cheann uidh nan ceudan.
Ga robh feileachd is mor chuis,
N am dol fodh na greina,
Leat ba bheus ann ad sheomar,
Fion is brandi bhi ad reir ann,
Coinnlin ceir mar chomhla.

Ann an uachdar a thighe,
Stu ba fhlathail a suile ann,
Le do chridh fial farsuin,
Bheirte meas air luchd cuil leat,
Fuaim na n teud nam cadail,
Leat a bait ann a d rum e
Piop ga speuchd be t fhasan,
Anns mhadain nam dusga.

Ba mhor do thlachd do luchd oran,
S be do dheoin bhi ga n cluinntin,
Nam bhi gabhail mo cheoil dut,
Ri ba mhor mo thoil inntin,
Fhuair mi meas aig do bhordsa,
Nach d theid ri m bheo as mo chuimhne,
Fhuair is gealladh air a chairdse,
Na m bi tu lathair a deigh so.

[TD 10]

Fhuair mi gealla air a chairdse,
Ni nach meall mi am bharail,
Tha do chaint domh cho cinnteach,
S ged a scriobhte le peann e,
Ach gar am faith mi gu dilinn,
Fiach a phrine dheth tearras,
Cha n e aobhar mo mhighean,
Scha mhi fhein tha mi gearain.

Cha mhi fhin tha mi gearain,

Ach mar mairean a n cornail,
Tha ni eil ri ghraite,
Tha na s arid ri cho ra,
Mo chreach caramh na bain tighearn,
A rinn t arach as toige,
Ma ghearrar cho tra thu,
Ann an aird a do sheoil uaip.

Ach a chornail oig choillair,
Leam s duilich do charamh,
S beag an tiongan thu bhi duthach,
Ri sir chumh do bhrathar,
Ach o nach cailear iad uile,
Na theid an cunnart sa n gabha,
Bi sinn beo ann am misneach,
Gu dean an trioblaid so t fhagail.

S bochd leam caramh dhaoin uaisle,
S iad mar uain gun am mathair,
Sir ghearain ma cuairte dut,
O nach d bhuannich thu d shlaint.
Tha clann donnachi dheth bronach,
Is tighearna leoid ann gu h arid,

[TD 11]

S beag aithir a thealich,
S gun an sonn bhi mar babhaist.

Chaidh thu tamal air astar,
Cho fada san fhraing uainn,
Mar dha sin is n olaind,
Bha thu eolach s gach ait ann,
Do dh America shonricha thu,
Gu bhi ad chornail air armailt,
Choisne buaidh le righ deorsa,
Sa chumail coir ri fir alba.

Nam bhi togail do bhratach,
Dh fhaotain smachd air luchd t aobhar,
Cait an cualas na m facas,
Fear ga n seachne tu t aodain,
Ged bhiodh do naimhde,
Na n camba air gach taobh dhut,
S tu nach gabha ghealteachd,
Bhi tu ac le d dhaoin.

Cha robh sud ach an cleachd,
Bhaig naitim on d fhas thu,
Ri am cruadal is gaisg,
Dheire leats buaidh larach,
Tha thu t oighre air ghuisich,
Ga ba duchas bhi an cairi,
Ba mhaith do staoile air chul sin,
Na n cunntin an aird e.

Ma bhios coillaira lathair,
Gun feard a chuis e,
Cha chaidhar orin fearneart,

[TD 12]

Anns chearn so an duthich,
Se mo ghuidhe na h armain,
Bhi air nardach gu cliuteach,
Sgar am faic mi gu brath sibh,
Ni mi dan mar mo dhurachd.

Tha luchd mi ruin ro dheoinach,
Chum bhi co ra a m chul orm,
Gur ann air geaneach do storais,
A rinn me m oran a dhubla,
An ti thug comas a cheoil domh,
Cha leig e foirneart o m chul orm,
S tha mo dhochas tre ghloirsa,
Nach faith luchd boilich an lus orm.

Cha dean mi tuile ga aithris,
Cha neil m aire sa n am air,
Se mo raoghain s cha n earrras,
Thu bhi mairean a d shlaint,
Thu bhi t oighre air t fhearann,
Gu meal sinn nar ceannard,
S do mhac ann ad ionnad,
Mar chaidh a ghealla on ard righ.

Oran le mairiread grigrach do brath rean bha an cog America.

Luineag,
S mi bhi ri smuaintean gorach,
S mi m onar ann sa n uair so,
A cuimhneach na m fear og,

[TD 13]

Chaidh air bord a muigh air chuaintenn,
Tha thamh Nova Scotia,
Se fath mo bhroin ri luaidh e,
Se chaochail snuadh na h oig dhiom,
Na seoid dhol air chuan uainn,

A cuideachd a mo chridhe,
Ga ba dligheach s tha lan cruadail,
Se fath mo bhroin cha b iogantach,
An dithisd dhol air chuain uainn,
An tus nar dhealich iain ruim,
Bha snith ruidh le m ghruaidhean,
Se domhnul dh fhalbh a rithist,
Chuir mo chridhalas gu smuairean,
S mi bhi ro smuaintean, &c.

Faodihh cach bhi am barail sin,
Gu m bheil mo ghearain uaibhrach,
Is donnacha agas alastair,
Bhi fanachd ann sa n dualchas,
Fear mo thigh lathair,
Gu fardach chumail suas domh,
Ach dh fhairtlich orm bhi toilichte,
Nuair theanna s mi ri smuaineach,

Cha n iongne sin thachart domh,
San taic chaidh o m ghualain,
An t shuile bhios gun rasg oirre,
Gu n druigh teas is fuachd oire,
An loinn bhios air dhroch garidh uimp,
Cha dachaid i bhi buan death,
S ionnan sin mar tharla dhomh,
S na brathrean dhol air chuan-uainn.

[TD 14]

Na n tarla duibh gu m pillcadh sibh,
Do n ionnad as na ghluais sibh,
Gu m b eibhneas do ar cinneach e,
Gach iomairt ghoirt a fhuair sibh,
Gu n uricha mo spioradsa,
Ga fad tha e fo smuairean,
S gu deanain cleas na h iollaira,
Gu teannin ri ath nuadhacha.

Struagh nach mis thachair,
Bhi m dhuine tapi treubhach.
S gu m feuchinn pairt na chaireachd,
Tha m falach ann m chreubhaig,
Ba choi isa muir na talamh dhomh,
Ach loingeas a bhi ri dhomh,
S mar d thiga bas n gradachd orm,
Gu m faicinn sibh le cheil.

On thachair dhomh bhi m bhoireanneach,
Nach ura mi so dhianamh,
S fheudar dhomh tre bhanalas,
Bhi fanachd ann m righeachd.
Mo thealeach bhi toirt aire orra,
Mar bhuine dhomh a dhianamh,
Sa ni sin leiga tharum,
O nach gabh e cuir an gniomhdhomh,

A chaiptain bhar siol Ailpain,
Struagh nach fhaicinnse aon uair thu,
San inibh anns na chleachd thu,
Mhar bha an taitim as do bhuainte u,
Gu cialach cliuteach measail,
Mar a chleachd bhi d ghluasad,

[TD 15]

Gun treiginn pairt do n airsneal so,
Ga fad tha mi ga bhuachaileachd.

Stus dhearbh do dhuinalas.
An lunnin measg nan uailsean,
Cha do chuir e sga na cunnart ort,
A mhuir chrosg seachd uairain,
Air bhealabh righ is parlamaid,
Gu dan a rinn thu ghluasud,
On s iad a chuir an call thu,
Cuime nach fagadh iad thu am buanachd.

Bha morairain is iarlan,
Gle lionar ann sa nuaire leat,
Cornailean cha dibrieadh tu,
Ba dileas iad ri d ghualinn,
Le ordugh teann on t sheanlair,
Chuire earal air na h uailsain,
On dheirich leat beart ghramail,
Ann sa charraid nuair ba chruaidh i.

Tha nis nar aran sabhailt,
Re fad na n lathain s buan duibh,
Mo guidhe s air an ard righ,
Gu m bi ghrasan sa ma cuairt duibh,
Gar tear n as gach gabha,
S cha n fhaith ar namhad buai oirbh,
S ar n anam buan neo- bhasmhor,
Thoirt gu pharos dh ionnsuidh suaimhnais.

[TD 16]

Oran le Mairiread grigarach.

Ged s fhada an tosd so,
Cha do shocrich mi m inntin,
Tha mo smuaintean ga m bhrosnach,
Chum na m focal so inseadh,
Ma dheibhin na m bhrathrean,
Tha fad thall anns na insinn,
Gar am faic mi gu brath sibh,
Bithith mo ghradhadhuibh dileas.

Bith mo ghradhsa dhuibh dileas
Tri filte mo speis duibh
Ciod e sta dhomh bhi g inseadh
Liuthead ni tha cuir eis orm
Gum bheil iain is domhnull,
Nova Scocia g eiridh,
Agus seonaid a glaschu,
Se dh fhag mo chadal cho eutrom.

Se dh fhag mo chadal cho eutrom,
S mo smaointain roimh lath,
Sibh bhi fada a m cho-radh,
A mis m onar an athal,
Am braigh raineach na m bo,
Fhuair sinn as ar n oig nar beatha,
Gu misneachail greadhneach,
Ann a n tealeach ar n athar.

Ann an tealeach ar n athar,
Ba mhor ar naithir s ar n aileas,
Leis gach ni dheana math dhuinn,
Am fad s ba mhairean thu phadrig,

[TD 17]

Ach rinn an t eug an trom chreacha,
Ann an toiseach ar laithean,
Ciod e sta dhomh bhi gacain,
On s beart bha an dan e.

Na chaidh h athris do ar n uine,
Be mo dhurachd a bhi marr ribh,
Ach tha mo shac duilich gulan,
Orm tha curam na mara,
Pairt do m chloinn ann an sru-ain.
An cist dhuinte nan tarruing,
S thug mi speis do m ur dhuthich,
An am dhomh dluth ris an talamh.

An am dhomh dluth ris an talamh,
Ba ro mhath leam mar chaidh orduch,
N am bhi duna orm anairt.
Mo chuire sa n ionnad ba choir dhomh,
Tha e n eachdraidh phiobail,
Air a scriobh gu sonrichte,
Miad an tlachd bh aig na righrean,
An cuir sa chill ann s ba choir dhoibh,

An cuir sa chill anns ba choir dhoibh,
S e ba deoineach le n inntin,
Tha nis am peac air fas sgaoilte.
S na daoine air fas liomnhor,
Cha n fhaod iad bhi am barail,
Gu meal iad a ni sin,
Ach ma thearnar ant anam,
Choidh cha mheallar na n cis iad.

Choidh cha mheallar nan cis iad,

[TD 18]

Ann an tim na h aiseirigh,
Gach neach a gheibhar sa n fhirinn,
Choidh cha dibirear am breig e,
On s e breithamh a cheartais,
A ni gach sentance a leubha,
Cha toir ionmhas na storas,
An coir o na feumich.

An coir o na feumich,
S cha treig e luchd muinntir,
An staid an dearbhidh sa m feuchin,
Ma tha iad treun ann sa chuis sin,
On se feartain o nard righ,
O m bheil slaint chum ar stuira,
Mar bi an reite air a deanamh,
Cha n iompoichar sa n uir sinn.

Cha n iompoichar sa n uir sinn
Nuair bhios n uine air ar fagail,
Nuir thig leaba no h as-shlaint
Agus acain a bhais oirn,
Gun chomas tionnda na cearteach,
Siomad neach air o d thainig,
Gun cho-ra gun chlaistneach,
Mar leasicha cach iad.

Nuair dh fheumar leasach o chach,
Se sin laithain a chruadail,

S gun a neart oig no cairdain,
A bheire alsuch car uair dhoibh,
Mach o fheartain an ard righ,
O m bheil slaint chum ar fuasgal,
Se surrinn gar tearn,

[TD 19]

Ri am gabha is cruadail.

N am gabha is cruadail,
Nar bha sinn truagh a sinn cailt,
Thaobh gach sonas a fhuair sinn,
S na bha bhuaidhain so gharidh,
Air gach creutair a ghluaisa,
Bha uachdranachd aig adhamh,
Gus na gheil iad do n bhuaire,
S gun a thruail iad a nadar.

Nuair a thruail iad nadar,
Chaidh am bas chuir mar thoir orr,
Jomad trioblaid is amhghar,
Fad na laithain is beo dhuinne,
Ach thainig cumhachd tre ghrasan,
A chuir sgail air muire oigh,
Gus do ghine leath slan-ear,
Gu an sabhal o dhoirinn,

Uime sin deanamh dichol,
Chum ar sith dheanamh trathail,
Sgu m faith sibh coir air an righeachd,
As nach dibarir gu brath sibh,
Ma m faith sibh samhla nan oighean,
Chuidh an codhail n fhir bhainse,
Air do dhruide an doras,
O nach d fhuaras ola na n lamba,

Biodh ar lochrain laiste,
Chum air seachran nach d theid sibh,
Biodh nar toir air a cheartas,
S thig mor neart as gach taobh oirbh,

[TD 20]

Aomar uile a steach sinn,
Fo bhratach n fhir shaoridh,
A dheanamh cruadail is gaisg,
N aghaidh pheucaidh sa n t shaoghail.

Oran le Mairiread ghrigarach do thuath an t shlis mhin.

Tha maire ri rainnach,
S mi teanna na choir,
Cha bhinn leam n aithris,
Tha ri linn an tighearn oig,
Na daoine ga n carach,
Le caraid cho mor,
S nach fhaodar leam aithris,
Mo bharail air doigh.

S mi air sliabh clach a bhui-ain,
S mo duil ri dhol suas,
A Shealtain na duthach,
Am bheil mo dhuchas gu buan,
Far m ba lionar mo mhuinntir,
S iad cluiteach gach uair,
Tha iad nis air an dusga,
Le urach a gluasd.
Thu maire ri rannach, &c.

Na fior dhaoine coir,
Bha an seorsa ann riamh,
A shiol na m fear mor,
B fhearr coir air an tire,

[TD 21]

S olc thig riu an sron,
Bhi ga comhlach-le srion,
A nis a bhi ga n sanrach,
Air porson cho chrian.

Jain bhain na bi airsnail,
Air taigane ann sa n am,
Ged dh fhag thu na cragan,
S chleach thu bhi thamh,
Ma fhuair thu n acair,
Cuir a bheartas ma laimh,
Gabh socair do d phearsa,
S cha n fhaic thu an call.

Eoghain mhic alastair,
Gu mearean dut beo,
Ged dh fhag iad thu falamh,
Na gearain ni s mo,
Na ba leamsa am fearan,
Bhi bail fo d scoid,
Cho math s tha an rainnach,
S namba mhath leat na smo.

O thain thu dh ionmhair chadain s ro fhasisge tha oirn,
Nuair theid mi ga t fhaicinn,
Cha bhi an tastar cha mor,
Thoir leam gur ceart-dut,
Thighinn an taic nam fear mor,
Nach truaila am facal
S ga mbfhasan bhi coir.

Na stiuardich ghast,
Nach ba tais anns a n toir,

[TD 22]

Luchd nan pibe s nan lann glas,
S na bratichain sroil,
Riamh nach robh gealteach s racha brais anns toir.
Co thairga dhuibh masla,
S cloinn a naba bhi beo.

Nuair dh atas na tonna,
Le dionnain ro ard,
Thig ciuneas na deighe,
S thig an loiugeas gu traigh,
Ged tha docair san t shaoghal,
Ni sinn saothair is s bairn,
S troimh fheartain n fhir shaoridh,
Gheabh sinn saorsa aig a bhas.

Nuair bha clann isral sa n eiphait,
Na n sleabha aig cach,
An teanntach na h eigin,
Dh eisd righ nan gras,
Sgaoilte e mhuire na clar re,
Ga n toirt tearaint gu traigh,
Sthain a naimhde nan deigh s dhoibh a b fheudar bhi bathte.

Chaidh maois agus Aaron,
Chuir mar gheard os an ceann,
Ga n stiure trid a n fhasach,
Measg gach gabha bhann,
Gu talamh channaan,
Le fabhar mar gheall,
Mile is bainn gu n fhailig,
S aileas nach gann,

[TD 23]

Thionnda an t uisge gu fuile,
Baobhar cunnart a bhann,
Mharbha an t iasg na ghrund,
Cha burinn e tamh,
Bha losgain s cuileagan,
S iomade ann,
Chaidh n fheudail dheli,
S thain un toradh as bhar.

Labhair iad gu mi chiallach,
Le briathra am beoil,
Co shasichas ar miann,
Sa n t shliabh so le feoil,
Thainag eon air an sgiathaibh
S thuit na ciada gun deo,
Bha naireamh cho lionar
S ba phailt biadha air ann bord.

Nuair bha tart orra S iad paitach
Rinnadh fabhar ga reir,
Bhuail a chreag is uisg thainig
Mar amhnuichean re,
S e ruidh air gach ailean
Gach taobh tharla iad fein,
Bha gach ni dhoibh mar mhanus
Air airda an t shleibh.

Gus na theann an droch innleachd,
Air inntrig na n cre,
S iad a gaoradh trid iamha
Do dh iodhola breig,
Las corruich an ti sin

S lion e le h eud,

[TD 24]

Gus na bhasich na miltain
Ann sa n ionnad sin fein.

A chuideachd a dhileas
Bithidh direach gach uair,
Ann nonair sa m firinn
Is bi sibh cinntich a duais,
Gheibh sibh coir air an righeachd
Marri sith ann sa n uaigh,
Solus gun chrich ann siorruidhachd bibhuan.

Oran le Mairiread Ghrigarach.

Lath dhomhs air sligh shonrichte
S mi bhi an dochas ri dol na bhraidh,
Chunncas ogbhean an tagha ordugh
Is i na h onar a gabhail sraid,
Bha dreach na h oigh mar shneachd na mor bheann
Is i gu mothar a mach sa gharidh
Bha ceann fo chomhadach sid s sroil air
S fiomh a n oir air bha bhoidhich dearla.

Air an ribhinn uasail dh fhas cridhail suairc
Gu measail stuam s bu dual o d phairti,
Ma ni thu gluasda bi mi fo smuairain
Slionar buaidh h ort nach deid mi dh aireamh.

Do shlis mar chanach na mar cala
Do dha ghruaidh ghlana mar ubhal garidh
Do bheul dearg tana o m beusich labhairt
Do dheud mar chanach s fiomh a ghaire air.
Air an ribhinn, &c.

[TD 25]

Dh Fhalabh sinn comhla s thig i con-bhoi-dhomh,
Bha mi ro dheoineach air san am ud,
An deire sgeoil gur e leasich bron domh,
Thu bhi sonrichte air carr ghael,
Anribhinn, &c.

Ma theid thu an taobh-sin dh ion bhar aorra,
A measg na daoine san d fhuair thu tarach,
O Thus a gheamhrie on thain thu n ghlean so,
Ba tric ga t ionndrinn aig na balaibh,
An ribhinn, &c.

Eadar loch fine agus clahain disart
Mar sin s cill fhinn gnu ruig crich bhraid Alba
Nach iarradh ni leat s dheana pris dhiot
Sa chuma sida gun di gn lar ort.
Air an ribhinn &c.

Eadar gleann laoidh agus sraibha fhaolain,
Gu n ruig na caoil tha ri taobh n t shaile,

S lionar fear staoile s mor inibh s oighreachd,
Bhios a faoineachd ma nighne a bhailli.

Oran le mairiread Ghrigarach do anna a nioghan.

Na horo mo leanaibh,
Dh fhas gu tomail ceanalt,
Thogin fonn neo smalanach,
Air Anna bheag nighne domhuill.

Ged do fhalbh n dithis uam,
Dheana pairt do m fhrithal,

[TD 26]

Ma bhios iad slan ri tighinn,
Cha bhi mo chridhe bronach,
Na horo mo leanabh, &c.

Tha ciorstan shios aig cubar,
S bhios i beo bithidh duile ri,
Chur seachd pairt an dulachd,
Gu n cuir sinn surd air oran,
Na horo mo leanabh, &c,

Gur i mo leanabh somalta,
Bheire stigh an conna dhomh,
Ged thainig a n fheill moire oirn,
Cha bhi mi uile m onor.

Trusa mi na balagan,
S taisga mi gu cearmant iad,
Nar chinnichas na searantan,
Bith m earbsa an comhna.

Bi cailmnich srath teatheil leinn,
Cha b iad ba mhoille ghabh linn,
Sna ba Diuc air Athal mi,
Bhiodh gabhail ac ri am beo dheth.

Tha Tearlach agus Alasair,
Anns s chill gun characha,
Cha bhi mi fhein a gearain sud,
Ged aithris mi air doigh e.

Ged thig cog is aisi oirnn'
S Righrean togail bhrataichean,
Mheud s chuir mi an tasgidh dhiu,

[TD 27]

Cha ghlacar ann sa n toir iad.

Ged fhaicinn deise scarlaid orra,
Chuire moran dearla orra,
Gu m b fhearr leam sibh bhi sabhailt,
Na bhi fo phaidh Coirneil.

Cha neil ann san t shaoghal so,

Ach truailieachd is caochlaiteachd,
Gur mor an t aobhar greadhneachais,
Do neach a chaochlais og ann.

Oran le mairiread Ghrigarach do Dhonnacha a brathair is e gu tinn.

Tha mi sgi baileach sgi,
S ne ni tha mi gearain,
Tha mi turseach o n de,
Chualas sgeul a braigh Raineach.

Is s mi bhi m onar sa n t shroin
S gu n domhnull aig baile,
S gar am faod mi ad choir,
Tha do bhron tighinn a m aire,
Tha mi sgi &c.

On tha am brocair air bheag surd,
Sud a chuis tha mi gearain
Cas a dhire nan stuc,
Sa bhiodh luthar s gach bealeach,
Tha mi sgi &c

[TD 28]

Tha mo chridhe ann mo chom,
Cheart cho trom s nach dean e carach,
S beag an t ioghna dhomh e,
Ma mo bhrathrean glan smearail.

Ma si bhuigheach rinn do chall,
Is i bhi tarmasach ort o n earrach,
S i catriana nighne aindra,
Ni tionnda ort gu h ealamh.

Ma se ni e tha n dan,
Thig do shlaint dhut ealamh,
Tha mi g earbsa gu n dail
Ma m bi an raidh so thairis,

Chroisginn coire a bruichd m dheann,
Agus ceann na guaile seillich,
Theirinnan air an leud bhan,
Sud an arais ba toigh leam.

Bha mi eolach ann as m oig,
Gle mhor s mi am chailaig,
S ged tha mi an diu sa n shroin,
Cha neil broin orm man mhalairt,

Tha do ghunna caol fo n mheirg,
S gun sealgair ga tharuing,
Thig an fhirain man cuairt,
S theid na h uain chuir a n tanead.

Tha do mhial choin ri bron,
S tha do thoullaran ri gearain,
Tabhuig cha d theid ceum da deoin,

[TD 29]

Cleachd bhi an conidh gad leanail.

Tha na bruic cuir ri uaille,
S iad a ruathara fo n talamh,
S aithir aig a nhad a ruadh,
On nach gluais thu le cabhaig.

S lionar ait m bheil do cheaird,
S iad ga tionndrinn anna cheana,
Edar loch abar is baidaineach,
S gadhig air ama.

Mar dha sud is glean libhan,
Ts slis min loch a rainneach,
S tric a thainig thu le scribe,
Stigh gu crich ceann loch gara.

Dhonnach Mhic Callum glac a n t am,
S bi a d dheann air gach bealeach,
Cum na sionnich fo chomand,
S thig do mhaistair gu spionna.

Am meal na leitareach bha sibh de,
Mharbhte beisd libh a mionaid,
Na fir thapi scairtail threun,
Dh eirich speid leis na fearabh.

Bha mi duilich ann sa n am,
On nach d thainig sibh gam fharaid,
S diumeach tha mi dhomh-ll ban,
A chuidh bhan s nach d rinn m aithneach.

[TD 30]

Oran le mairiread Ghrígarach is i sa n sgoil am peart.

Air fonn-tha cheapach na fosach.

S mi m Shuidhe an so fuaghal,
N uineog uasail tigh mhor,
S mor gu m bannsa bhi sa bhuail,
G geisdeachd nualich nam bo,
Leaga ghahar is chaorach,
S crobh laoidh tighinn man chro,
Na bhi an so air mo dhaoiaid,
Sa n Shnathad chaol ann m dhorn.

Thug mi tamal an toiseach,
Gun sprochd orm na sgios,
Re an lath ri fuaghail,
Gun smuaineach air ni,
Gus an cual mi na dearcan,
Bhi gan reic air son fiach,
Ghrad bhuail e am bheachdsa,
Choir a bhacidh nam fiadh.

S truagh gun bhi an leittir dhuth lachlain,
Sann a chaisginn mo mhiann,

Gheibhte iomdach meas ann,
Gun neah a faraid am pris,
Coir gaolach mo chridhe,
Am biodh iasg is sighainn gun di,
Meag is baine gun airceas,
S cha b iad na drapagan ti.

Nuair dh eigheas iad am baine,
Bheir me sealla mach,
Sann chi mi bharle,

[TD 31]

Air a ceangal an cairt,
Ged a theid mi ga cheanneach,
Righ cha mhilis bhlas,
S fhearr am meag bhios sa ghealtachd,
Na baine blath bhios am peart.

Cha robh neach air bhi g iarridhorm,
Trial gu machair na gail,
Ach thig mi gu b fheard mi,
Raidh an t shamhraidh thoirt ann,
S mor an sta tha sa n ionnsach,
Bheir e tionnsgal dondraichd,
S neach sa m bidh ga bheil tur,
Cha leig a chuimhne e gu brath.

Ged ba leamsa siorrachd pheart,
Na bheil mi faicinn ma cuairt,
Na h uile mir dhethna mhachair,
H eadair glaschu is cluai,
Bheirinn trian deth shir-raibart,
Na gabhte e uam,
Cha n-ann am malairt na h apun,
Ach na h aig ma thuath.

Oran le mairiread Ghrigarach do brath rean.

S mi an coir beag cumhan,
Am braigh ach an ruidhe,
Cuid do m abhachd bhi cumha na m brathrain
cuid do m abhachd, &c.

Cha talachinn air m earras,

[TD 32]

Ged bhiodh e nas taine,
Ach struagh nach mis fhuair baile gum aileas,
Gu n cumin mo shealla,
Mo chaideachd a gheala,
Nach bi sinn a dealeach mar tha sinn,

Clann a Ghrigair nan geur lann,
Ga bheil misneach is feileachd,
Ged tha mis leam fhein gun bhi lamh-ribh,
Luba iubhar ma n guaillaibh,
Ga n robh an giubhas ma shuaichantas,

Nuair thogte srol uain ri crann libh.

Nuair thairnt libh am peana,
Cha bhiodh cheard oirbh n ain-eol,
Ged do tharla dhuibh a speala na galic,
Mo cheist fir na n suile donna,
Leam ba deoineach a choinnibh,
Nuair thige sibh am chainnidh le failt.

Stric thu mairse a dhonnacha,
Le d cho-ra farst suilbhar,
Orm nach biodh an tursa stu lamh ruim,
Ann a beanntan loch eireachd,
Ba tu namhad na h eilid,
Chluinntin fuaim aig do theine am beinn orlair,

Ann a n leittair dhubh lachlain,
Stric a leag thu damh cabarach,
Chuir thu eagal air prasgan na gearra mhas,
Marbhte tarmachan glas leat,
Air ard bheanna cas,
S cha dearmad an lach air an sna-mh leat.

[TD 33]

Douran donn na n cas goirid,
Bha tha trom air sa choinnidh,
Coileach ruadh s ceare thomain an tim geamhrai
A mhaitheach ghearraghobach bhriosgant,
Stric a mharbh thu sa n lis i,
Bha thu searbh n am ithe a chail oir,

Ceist an talstair cliuteach,
Bha gu farst na ghiulan,
Dhomhsa a b aithne o thus do dheagh nadar,
Ged tha bricead a t aodain,
S mor an g liocas tha t aoraibh,
Lean riut misneach na daoine on d fhas thu,
Nuair theid do shasienn,
Cian fada air astar,
Bithidh meas aig luchd a d agas chap ort,

Oran le mairiread Grigarach do n airidh.

Lath na h imrich muair fhalbhinn,
Rachain tiomchol air a mheanachrobh,
Leiginn mi anail air a gharbh dhun,
S air lub bat chearc gu n caidlin anmoch,

Hi iur hho, no h iur eil,
Hi iur bho, no h iur eil,
Hi iur bho, no h iur eil,
Smi air srath na tir, sgur beag mo speis deth.

Nuair a theid mi mach man chausair,
Leam cha n eibhneas ceol nan ard chlag,
Ach crobh sa gheumnich mach man airi,

[TD 34]

Sa ghrian a tearn fo sge beinn arlair.
Hi iur bho no h uir eil, &c.

Fhir a shiubhleas uainn thair a bhealeach,
Thoir uam soiri gu taobh loch erachd,
Gu beann udalman am bi n eilid,
Gu braigh an sgulain s gu loch an t shearrich,

Beir uam soiri dh ionnsudh an t sheann ruidh,
Carn an an udair is a n scalain,
An t aonach mor tha am braidh na h airi,
S gu m bann do m dhuchas na luban bana.

Oran le mairiread Ghrigarach do brathrean.

Luineog.

Thug orinan o gur muladh mi
S gur fad a an tim on tha mi an-eibhinn,
Ged rachinn dh innseadh gach trioblaid h air m inntin.
Ba docha luchd mi-ruin le spid thoirt beum dhomh.

Luchd na n cridheachan fionnar,
Sna h inntin neo-thairis,
Tha an cuideachd aig baile,
Gun dol an na h eilan,
Cha n eisd iad ri m ealidh,
Cha leir leo mo ghearain,
Cha tuig iad mo smalan,
Cha d aithnich iad fein e,
Thug oirnan o, &c.

[TD 35]

S mi m shiuidh air an spidal,
Tha m inntin fo thrioblaid,
S nach fhaic mi neach idir,
Bheir fios dhomh ma ar deibinn,
Nuair chi mi na marceich,
Le n cursain dol seachad,
Se thrumichas m acain,
Nach fhaic mi fear h eugais.

Tha ma chean air a chaiptain,
Thus iain mhic ailpain,
Sar ghrigarach gasd,
Nach bi tais nam feuma,
Mo dhiubhail thachairt,
Thu bhi fada air astar,
Nam bi tu am thaic a,
Cha chaithte orm eucair.

S truath nach robh mis thamh,
Ann tigh Dalna ceardach,
No nann tigh staidse,
Tha n taobhsa dhun eudan,
Dh fheuch am faicinn fear turais,
Mar thainig an nuiridh,

Cha sgeul bha gun urrain,.
S ann chunnic e fein thu.

Dhomhnuill dui ghaolich,
Tha maire ort daonan,
Cha nann idir gun aobhar,
Tha mo chaoidh ma ar deibhinn,
A lath sa dh oiche tha mi ga r cuimhneach,
S cha socrich mi m inntin

[TD 36]

Gus an cluinn mi deagh sgeul uaidh.

Ged bhiodh sibh nar coirnail,
Ann n armailt righ deorsa,
Nan nar seanlairaibh mar,
Cuir ordugh air cheuda,
Smar gun banns sibh aig baile,
Ann a duchas nar seanathar,
An slis min loch a rainneach,
Am fearan sa m feudail.

Oran le mairiread Ghrigarach air an nairidh.

Ged tha mi an geartuair
Air sron nam faicea chan,
Air lub bat chearc,
Anns a pailt a m eolas,
A coir bhaci am biodh am pailtas,
Se bhi na thaic dh fhaga m aigne conard.

Thug orun o-u na hiri o u,
Hiri is horo cuim am bithinn bronach,
Ged bhi smuairean orm cuid dh uairean,
Gu n cumin ua m e le facal oran.

Da thaobh lach earachd m biodh n eilid,
Cuim an ceilinn nach ell mo dheoin ann,
Bhi air sron chluaini cha neil e suarach,
An ruidh buai-ach tha nuas bho deo.
Hog orun o u, &c.

Bhiodh boc s earb ann am fochoir garl ich,
Meaman meanabhreac ga leanin gu trorach.

[TD 37]

Chluimte stararich ann moch amoch,
Aig tagha sealgairs iad garbh an toir orra.

Chaidh na giamanich uile air dio-chuimhne,
Theich am fiadh chaidh e cian a eolas,
Cha chluinn mi iorgan mi ni sno criochan,
Ach fir gan ciosnach ag iarridh oisgain.

Ga n to irt a beanntan ga n cuir am fangan,
Ga n cumail teann ann ri ama sonraichte,
Cuid nan deann ruidh cuir aithne air cheann orr,

Cuid n angar an geall air co-dach,

Thug mi tamal nuair bha mi m leanaibh,
An cruaich a bharich an tagha ordugh,
Gheibht iosg agus sighain fhiadh ann,
Togha biadhtachd s iad fial gu leor leis.

Bhiodh crobh sa gharich a meadhan fasich,
Ga cuir gu airidh fo strachd a folich,
S mnai ga n sarach s cha bann man shna,
Measg an ail s ae lan nan cro dhiu.

Ged tha mi a m dhuchas teann air sru ain,
Fad o n duthich sa bheil mi eolaeh,
Cuim nach durigain dhol s an nuire ann,
S gu bheil mo ruins ann fo na bordabh.

[TD 38]

Oran le mairiread Ghrigarach do lcan aibh altrum a bha aic.

Shiusi Nic callum gur mor mo speis dut,
Ged thainig sgeul oirn gur fheudar dealeocha,
O n tha n fheill bride agus ceann no time ann,
Bithidh mis trial gu d dhills ean rainnach leat,
Na m bi agads ce ra s cead imiseadh sgoel domh,
Gu m bheil mi an dochas gur e ba labhairt dut,
Gu m b fhearr leat bhi co-la a sinn nar n onar,
Na bheil sholas s cheol an aulich.

Mo leanibh gradheach chaidle samhach,
Cha bann air drandanich a bhi t aire sa,
Be m fhortan geamhrai thu thighinn a m ionnsuidh,
Seach bhi ga m chramb ri sniomh chalanais,
On thain an t am nis cha chomas tamh dhut,
Bhi dol ga chainnt cha neil feum an gearain domh,
Nis s fheudar dlutha ris mar mhnai na duth ach,
Cha chuir mo shiusi tuile maile orm.

Mo leanaibh gradhach na gabh as cambar,
Ged tha an t am so cuair moran smalan oirn,
Ma bhios mi lathair ma n tig a bhealtain,
Theid mi ad shealtain air meud na cabhaiga,
Ba thoileach riamh air dal thair an t shliabh mi,
So bhliadhna tha cuir iartas baileach orm,
Ma leanabh min a luidh ruim sinte,
Bhi anns an tir far an lionar caruid domh,

Mo leanabh runech dh fhas cridhail sunndach,
Sann dut ba duchas sud o do sheanairaibh,
O chloinn a ghrigair na fir bha cliuteach,

[TD 39]

Sann dut nach b ionga s tu o thigh learagan,
Nuair thig an oiche agus am na coille,
Ba lionar faoineachd air iain mac callum,
Ni tatharsa oighre air le fheathas s rinn e,
An tachd sa caoineas n aoidh s ceanaltas.

O n tha do parantan fein a lathair,
Cha neil e raitail dhomh bhi ri gearain dut,
Gu soimeach samhach an deagh ait tamh,
Nuair thig n tra cha n fhailig baine orra,
Thig rum an bhraidh ni puinse laidair,
Suigar gun fhailig o choille mheadhani,
Cha d thig air tragha uch mairidh ghna dhui,
S bi ligair lamh ruinn o thigh na h annaid.

Nuair thig mo leanaban thigh mor cheanna mhoir,
Gur matha h inibh gur pailt a goireas ann,
Bith fion is brandi aig brathar a mathar,
Gu lion naird dhut ann a gloineachan,
Ma theid thu pheairt tha fear na dha ann,
Tha gle cheardeach dhut ged theirinn e,
Mas pailt an drast gu ma mo maireach,
Bhios do chairdenn gach ait un s loiner iad,

Ma bhios tu lathair ri dol a pheasli,
Cha bhi thu dhei-laimh s piuthar t-athar ann,
Bi ti s saclad faithidh ghna ort,
Ga lion naird dhut ann a glaineahan
S tu fuaghal sa faim ann n uineog ard,
Scribha is dannsa se s ceard is mathas dut,
Mar paidh thu bhisat ann an timaibh,
Do mhissa prisail bhios a tathich ort.

[TD 40]

Ma bhios tu lathair ri thighinn na ghleann so
S mis ann cha tig anna bhonn deir eas ort,
Bi mo chlann sa ann an daimh dhut,
Air feill s air bainnsa nar ni sibh coinn each,
On nach d fhuair mi shaibhreas bhi am bhaintighern,
Sgu cumin glant thu le sid s le h annartan,
Na thagam fhin dut cha bhiodh e dhi art,
Gheibh mar dhilib mo mhile beanneachdsa,

Mo mhile b anneachdsa bhi gu d stiure,
Ann gach cuis ris an cuir thn t airse,
Gu tuigseach riaghailtach ciailleach cluitach dut,
Sma gheibh thu uine cha churam earras,
Bi tric luchd chleochdan air ti do phosa,
Gun lionar oigair tha an toir air tarruing suit,
Do phog le failteachd mar ubhal garidh,
Mar dhearcaig s hamhrai do dha shuile mhe allaileach,

Oran le mairiread Ghrígarach do dhiain Stuiart ann blar an athal.

Luineag.

Slan iomradh s gach ionnad,
Do chinneach righ seumas,
Laoich Shunndach lan spiorad
Sa n iomairt nach geilleath,
Slionar righ bha do r naitim,
Is feachd shasunn a geill,
Stric a Sheasamh sibh n a rich,

[TD 41]

Nuair bhi cach sa n ra tread orr.

Bha righ seamas a h ochd ann
B aobhar fortain duibh fein e,
Ged d chaill sibh an cuilodair
S mor an dosguinn a dheirich,
Sioma sann tha na luidh
Tha fathast gun eirigh,
S mor fhuair sibh dhroch iomairt
S Gun na cinnich ri cheil.
Slan iomra, &c.

S luchd cinnich mo shean-mhathar
Tha mi seanchas an drast,
Na n thiga cuis orm dh anmoich
Bhith inn earbseach a pairt diu,
Se thug an toiseach gum thur iad,
Chum gu n urichinn cairdeas,
Mead an tlachd is n iul,
Rinn Iain Stiuard am blar ruim.

Ge be ghabh breith laisgse ort
Na thagra tu n eucair,
S laidair lionor ri d chul iad,
Chum do chuisain a reiteach,
Thig Diuc Athal sa chuirt leat,
Le eich shunndach a shreuna,
S thig a apuin ic iain Stiuard,
Bratach dhubailt na n eighte iad.

Bith Iarla Bhoid leat air thoiseach,
Mar ri bhrosnich s cha ghann iad,
Agus Stuiart Mac Choinnich,

[TD 42]

Ann sa choinnidh na b fheard thu,
Dh eireadh sud leat gun ghraba,
S bhi Clarc Dail Chairn leat,
Cloich Phollich s Bo-phraca,
Laoich ghast n am tionnsgail.

Gu n teagabh bi Gart leat
Duine ceart anns gach cuis e,
Gar na thar mi n aithne air,
Chualas aithris o thus air,
Gu tric aik mo bhrathair,
Saithead laidair ri chul e,
S lionah beanneachd na tuath,
Tha coisne buaidh dhut ad dhuthich.

Bi Fear Fassi gu cinnte,
Air a thi is cha b ionghna,
Fonnchastal is Siorlais,
Bha iad riamh an deagh ruin dhut,
Dh eireadh crosmunt gun gun stad leat,
S ion bhar chudain air chul sin,
Is ioma neach nach do leubh mi

S an Seamarlan Stiuart:

Tharla dhomhsa dhol seachad,
Ma thaic na feill padrig,
Thaoghail mi san tign ghlas,
Cha bi stad bha shannt orm,
Fhuair mi coluadar tlachdmhor,
A chuir bac ann s an am orm,
S ged dh eirich dhomh fanneachd
Cha ba char e gu call dhomh.

[TD 43]

Thuirt deagh bhean an tighe
Is i labhairt gu cairdail,
Thig a steach do mo rumsa
S le deagh ruin gheiqh thu dram uam,
Tha Maistair Steuart ro dheoineach,
Air bhi co-radh sa n am ruit,
S cha n fhaod thu dhol seachad,
O n thachair thu teann oirn.

Bha uisge beath nam feadan,
Ga leag air thus dhomh,
S tuile ga earal
Le mile s le siucar,
Fion is brandi is beoir ann
Ge be dh ola dheth dubailt,
Raogha gleus air gash bard ann
Geisdeachd ceol thighearna shru ain.

Ann n uachdar a thighe
S tu an Saoidh ba lathail siule ann,
Ga n robh an cridhe fial farsuing
S cha b ann as-caoin na dubailt,
Fiamh ghair ort ri fhaicinn
S mor tha mhais ann ad turla,
Cha neil neach theid seachad
Leis nach taitneach do ghulan.

Si do cheilidh s maith dreach
N am a faicinn ri d ghualain,
Bean bheus ach gheur bheachdail
S mor am meas a measg uails ain,
S i deas finalt dealbheach
Neo chearbach na g luasad,

[TD 44]

Is i bhi shiol na fear fallain
S ro mhath leana ri n dualchas.

S lionar cornail is caiptain,
Tha stad air a churam
Agus bain-tighearna charail,
Ga m bheil earras gun chunntas,
S lionar iarla is fear fearainn,
Chuire fallas air cursan,
Gheann bhi oiche ann ad thalla
O na gabh e cheud iul ort.

O tha m intinn cho soillair,
Cuime an ceilinn air chach e,
S ro bheag leom a chomain,
Bhi toirt follaiseach taing dhuibh,
O nach do thar mi am beartas,
Chum nar treatig am ionnsuidh,
Slan iomra s gach ionnad,
Do chumeach Phrionnsa Tearlach.

Oran le mairiread Ghrigarach do Mhisseachan Mhic Glaisain annor strath ghruaidh.

Gabh mi an rathad leam fhin,
Theid mi shrath Athal gun sgios,
Ruigidh mi chluain bheag tha shios o shra-ghruaidh,
S chi mi mnai uailse ann s cha n fhuathach leo mi,

Theid mi choir Chloinn ic Glaisain,
On a s deoin leo m fhaicinn,

[TD 45]

Sud an seorsa b iat leam,
Bhi pailt anns a tir,
S liochd Ghabh chruim a Lochabar,
Se ar bonn sloinne ceart e,
Laoich shunndach a scuirtail
Nach biodh tais anns a stric.
Gabha mi rathad, &c.

Theid mi ann sa n am ann,
Air iartas miss Bella,
Cha diulte mi dhol ann,
O na s anns le mi,
Thu i cinnadail cairdail,
Is iorsal baighail,
Lan misneach is tionnsgail,
Cha neil samhla ann di.
Gabh mi an rathad, &c.

Tha i misail aig uailsain,
Aig baile agus uaith,
Ann s gach ionnad an gluais i,
Cha suarach leo i,
Cha mheasa an ceann tuath i,
Ga n riaghal mar uachdran,
Tha i fial ris gach truaghan,
S cha bhuannachd leath an cis.

Tha miss Pegie ro chiun,
Is i iorasal cliuteach,
Cumail gach turn,
Ann a surd le deagh riaghailte,
Sar cheannard na muinntir,
Nach bi geur orr an canntas,

[TD 46]

S iad nach gabh bonn curam,
Roimh ghnuis ba mhor ciall.

Air dio-chuimhne cha leiginn,
Riaghailt miss Beiti,
Cha n innse mi dhuibh am feasd,
A cheist thug mi dhi,
Tha i suilbhar bannail,
S i tulehas each gramail,
S gur ro mhath i nairidh,
Air Baron tigh righ.

Gheibhte sud anns an tall,
Buird ga n curig thairis,
Raogha cuirm le deagh earal,
Gnn ghoinne air ni,
Aig bain-tighearna glana,
S iad saoibhair an earras,
S lionar fear bhios a farraid,
Se mo bharail gur fhiach.

Thaoth eil nar mathar,
Ba dual duibh bhi statail,
Sibh chinneach phrionnsa tearlach,
Dh ard uile an righ,
Do n tealeach bha n Urard,
S lionar sonn ba mhor urram,
Dhearbh bhi duinail,
Gar cumail am pris.

Ma tha dh fhortan an dan domh,
S gu m fai m i maidsair,
Cha mhiste phairtidh,

[TD 47]

E bhi ann sa n tim,
Gum ma mairean do r Brathrean,
Gach ionnad a tamh iad,
Gar am faic mi gu brath iad,
S math leam s lan iad gun di.

Se dh ardich mo mis neach,
S dh fhag ann a m dhripe mi,
Nuair thainig a n litir,
Chuir fios orm cho dian,
Dhol shealltain mhic Ghrigair,
Bha thamh sa chluain bhig ud,
Fir mo ghraidh gu m be sud iad,
S bi mise a trial.

Duine eireachdail arid,
Do thigh Ghlinn a Cearnaig,
Nach fhuiliga bonn tamailt,
Be ar n abhaist e riamh,
A rach a sa ghabha,
S a sheus amh a n arich,
S iad bheireadh n adbhans,
Ann a n am dhoibh dol sios.

S Gearr an uine chaidh thairis,
O bha slios min Loch a Raineach
Gu ar riaghal thal. thairis,
S gach baile a n Glean Libhainn,
Tigh Ruaru be an t ionnad,
As a n gluaisa nar ceannard,
Se mo smuairain gun dhealich,
N earrain ud ribh.

[TD 48]

S ionnad laoch do m sheorsa,
Chaidh s gaoile a n eolas,
Triomh aineolas aig,
Ri m beo nach do phill,
Bann diubh Iarla an t shrath mh or,
Air a shlainne air an Loamhan,
Ma s fior luchd mo sgeoilsa,
Ba choir dha bhi leinn.

Tha e sa chronicle scriobhte,
Co ga m h aithne a mhineach,
For am faith sibh dearbh chinnte,
Gur firinn mo sgial,
Ma tha neach air am barail,
Gur e bhreug tha mi labhairt,
Gheibh sibh an sud e gun mheareachd,
Le barantas fior.

Bha Fearnan a s Labhair,
Aig na suinn ud gu n gratha,
Da thoabh Loch a Tatha,
Gu tighe a Chill Fhinn,
Bo-chuidair a s Sracthaibh,
Mar sin is Gleann Sreatha,
Sa Bhraclach ri fhaithinn,
Ceann tighe na n ciad.

Bha Gleann a Goill a s Gleann Cearnaig,
Aig ha saoidh ud gu n aile as: ioma,
Tonnad a bhar air,
Nach aireamh mi dhuibh,
Ged do ruigte Braimharr,
Ghibhte cuid ann do n phairti,

[TD 49]

Mar s in a s Ceann Taile,
S gu ait Mhie Aoidh.

Bi Grandich a Spe libh.
O n as brathrean duibh fein iad,
Fir cheann laidair theuna,
Gu n eireadh iad libh,
Thig Moirich a s Greamich,
Nar coinnidh le cheil,
Cloinn a Mhuirich na n eighte iad,
Cha treiga iad sibh.

Dhoibh ba duchas on aitim,

Bhi dlu ann ar taic,
Fir ur Chloinn a Phearsain,
Na gaisgich nach tim,
Nauir thogte libh bratach,
Srol uain air a bhasa,
Croinn a ghiubhois dheagh shnaithte,
Le caismachd na piob.

Oran le mairiread Ghrigarach do dh Eoghan Grigarach a h oid.

Air fonn, Jain calmbail bhanc.

S mi m shuidh s a n shleathich s mi g amhrac suas,
Dh fios an talla gun ghruaim nach b aineolach oirn,
Dh fhios a bhaile bhig nodh air nach dodhic am fuachd,

[TD 50]

Beir an t shoiridh uam do gach neach tha na choir,
S iongne leams a m factair h aig sirr-Raibart nuaidh:
Nach do ghabh e ruit truas dheagh mhic alastair oig,
S nach d thug e dhut laig sa on tha am baile cho chruaidh,
Duilich ar agus buain s cumail gu doigh,
Tha mi meallta mar call dha ma dh fhagas thu uill e,
Cha d thig gu brath ann a t ait fear s fhearr fulang na thu,
Tha thu foghantach laidair a chumail t ait fhein suas,
Se mo dhuilichinn chruaidh gu n tuile fo d scoit,

Na ba leams an slios min ba chinnteach thu uam,
An t ann a mhire a b fhearr buaidh Fearann a s feoir,
Csinna chlachair a s Dunan air thus bhi a d thuairms,
Na ba mhath leat e suas o thigh Ailain oig,
Nam be cearn eil b fhearr leat ba mhairg chuma uat,
N-anna mharg bhiodh a d thairgs o se s fhearra cunrach,
Thoginn tigh geal dhut n Leargan buaieach co burinn do ghluasd as,
Tuille ri d bheo.

Sann do m chinneach a tha thu tha sinn cairdeach da uair,
Cha nar e ri luaidh gu m buine tu dhomhsa,
Fhir tha poist aig mo mhathair nait na bheil uam,
Cha d thug mi dhut fuath s d thoire ri m bheo,
Dh ann ns s ga dubhairt cach bha mo ghradhs dhut bunailteach:

[TD 51]

Thug mi speis dhut am phaiste cha d fhailgin e tuille dhut:
Le d phearsa chruinn chuimair a si gu cumadail garbh,
Cha duine gu n dealbh ris an dubhairt mi n ceol.

Tha iad eolach air m oide an deas a s an tuath,
Gu m bheil mi fo ghruaim nach robh mi a d choir,
Fhir cheanneachena h eich s ga n reic le buannachd,
Na n cuma n sluagh ri tagra am beoil,
Tha an saoghal gnat thann an drast cuir failing air t iomadidh,
Bhau baighail a d ghne chaidh thu am poirt urasan,
Gach neach chuir an call thu biodh a naire dhaibh fhein,
Be sin mor am beud bhi ga d mhillsa eoghain,

Oran le mairiread Ghrigarach do n chat a s i aig seirbhais annam peart.

A Ghrigarich a strath spe,
Na bi ort eislain na gruaman,
Ga d chaill mis an fheudail,
Bha ri feum ma n cuart dut,
Ma chuir mi thu dh-laimh,
Se me fhein ni suas thu,
se cat glas bun nan eilan,
Dh fhag o n de thu fo smuairain.

Bha luchan a s radain,
Gle fhairtleach ma n cuairt dut,
Obaidh mi dh iarrridh a chait,

[TD 52]

Chuir as do na fuathaibh,
Nuair fhuair e mach,
Ghabh e chasan a s ba luath e,
A s o nach urrinn mi fhaicinn,
Tha iad bagairt mo chuala.

Mile mairsg ort a sdidain,
S mor a mi mheas do m chairdain,
Ma chuirair mi m prisan,
Mar dian mi do phaidh,
Innsidh an toiseoch a phris domh,
S bithidh ris t a caint ribh,
S ged do chostadh e gine,
A s mis dhioladh sa n am e,

Fhir a theid bhraidh rainneach,
Gulain beanneachd gu m chairdain,
Agus innis thoibh pisag,
Chuir a chlisga m ionnsuidh,
Ged thainig orm trioblaid,
Beagan bris agus caldach,
Tha mi g earbsa gu n d thig e,
Ged chaidh e fiot na bhrig end uaim,

Bha bhean s an nioghan,
Cuir a n tighearn a m ionnsidh,
Ri ba ghoirt bha mo chridhe,
Nuair bha e bruidane tre angar,
Nuair nach b urrinn mi fhaithin,
S e sna fraidhinn gu h ard,
An tigh guail ic ill leathain,
Chaidh a ghleidh di-mairt.

[TD 53]

Oran le mairiread Ghrigarach do chornail Alastair Robastan tigherna shruain.

Air,—fonn geamhra, Dhughail Buchanain.

Se do lathsa chuilodair,
Dh fhag dochna aig na gail,
S luithad fearainn,

Chail n earras sa n aiteach,
B eigin teicha air astar,
Cian fada on cairdain,
S iad gun mhanus gun aitridh,
Mar deant a taic anns n fhraing dhoibh.

Ma bha foill amorfhear Deorsa,
S gu ba deoin leis e thacairt,
S cuis eagail ro mhor dha,
Mar robh e an toir air a cheartas,
Bha coig cularan siol ann,
Chuidh n ordugh fo m brataich,
S gun aon duine na choir dhiu,
Nuair a thoisich am batail.

S ann n sin bha an diachinn,
Air ant shliabh aig na ga-ail,
Cha robh leithid sna criochan,
Ri linn duine n al so,
Uisg a s gaoth tighinn na n aodain,
Rinn a n claoidh s cha ba nar dhoibh,
Cha n fhaic a duine dhiu a cheil,
Cha mho ba leir leo n namhdain.

S iomad bean bha na bantrach,

[TD 54]

Agus clann bha gun athair,
Agus fear bhagun bhrathair,
Bha sa n arich na luidh,
Ceann nam fineachan gal-ach,
Ba mhor an call ris an lath ud,
Ga rabh coir air a s doighneach,
Nach d fhaod tionnda ris fathast.

S eibhinn naidheachd ri chluinntin,
Gun d fhuair gach oighre am fearann,
Nis o thionnda a chuibhle,
Sgu deach n aont a ud thairis,
Sar cheann fine bha cluiteach,
A s fhioch a chuis ud a h aithris,
Tighearn a shru-ain on ghuisich,
Thighinn gun duchas a shean athar.

Mar dha so a s brai-ruinneach,
S iomad fear bha cruinn ann,
S ann ma thoiseach na dulachd,
Thain an dusg ann sa ghleann so,
Ol a s ceol s teine eibhnais,
Aig an speis th aig luchd daimh dhut,
Chunaic mis e le m shuilean,
S e na smuid air sliabh aindra.

S maith mo bharail gur feard sinn,
Gun d thainig ceannard an aigh oirn,
Ann a n iomairt a chruin,
Fhuair thu cliu measg nan ga-al
Dol air t adhart le d dhaoine,
S tu nach aoma le pairt dhiu,

Bha thu uile dhoibh dileas,
B fheard an righ thu bhi lathoir.

[TD 55]

Ann an loingeas na n coit,
Nam bhi crosg na fairge,
B fheard cach air an cul thu,
Nuair a dhuisga trom anra,
Bhiodh an caiptain gun churam,
S tighearn a shru-ain ain bhi lamh ris,
Lamh dh iomairt nan cruintain,
S am dhut ba duchas bhi sionnsail.

Lean sud ruit thaobh dualchas,
S leat clach bhuadh no bratach,
Aig a miad s tha do bhuaidh oire tha do luaite n airis,
Cha druidh claidh na luaidh ort s i bhuan air thasgi,
S mor an sonos a fhuair thu nar thain ihnuacdar on toisach,
S lionor bain-tighearn rimhach ga bheil miltan air bhanna,
Bait bhi ruit poist ann corchan deangan,
Cheannacha le or thu na biodh seol air ghabhail.
Ach ma nithear leat corda dhoibh s bronachan dealach,

Oran—Le Mairiread Ghrigarach do dh fhear a tighe do mhacs do bhua thair chaidh iad dhuncudan dh iomsidh na n caithirichan.

<eng>Tune.—Whistle and I’ll come to you my lad.<gai>

Mo ruin na fir ghramail,
Chaidh thairis a null,

[TD 56]

Mo dhurachd s mo bheanneachd
Gar leanchd nar truir,
Guidheam buaidh a s deagh ghean libh,
Gun smalan gun smur,
S mo phillas sibh fallain,
Dh fhios nan ard bheann so shuas,
Air ionnsuidh chaol chasich shleamhain,
S fear a choimhad nam bruach,
Cuire mis man choinnidh,
Gun dail gun fhaoid san uair,
A s fiach an dian thu beart thapi,
Sr reir do thlachd bith do dhuais.

Na cuir an amhras m astar,
S nach eil agad na s fhearr,
Ciod sam bith ni earb,
Stric a mharbh mi dhut gearr,
Ma tha mhiann ort mi fhreagairt,
Na bi ga m leagail sa fas,
So mo lamh dhut gum faic thu,
Fhuile ma chasaibh an drast.

Dh fhalbh mi fhein lan aithir,
An deigh na labhair i ruim,
Chuir mi m fradhroc cheil iad,
Air an reilan ghlan lom,
Thug i stairneach mhor fharsin,
Chuire caistle dheth bhonn,
S nar shaoil leam e dh fhuireach,
S ann a dh imich e uam.

Mile amallachd nis ort,
Nach sguire thu idir a d uail,
Nann mar so tha mo charamh,
An deig h do rabhart chinn uair,



S tur theirg mo storas,
Ma n d rinn mi t fhogairt uam,
Ach falbh s mo mhallachd nis ort,
Mar chlaidh brist ann truail.

Gad do chuir thu do chul ruim,
S beag mo churams a dha,
Gheibh mi meas agus onair,
S thig nas dona ann am ait,
Gheibh mi sar ghiomhanach eil,
Chleachd ri eilid a lamh,

Bheir lan mo ghaimais domh pheillair,
S bhrisinn coillag air lar.

Mile mallachd gu brath ort,
Nach sguir thu t ardan sa t uail,
Se do thuras on spainte,
Thog n aird do chluas,
Le do phrabar gnata,
Tighinn air mharsa an taobh tuath,
Ach nam b fhiach sibh nor cumail,
Cha biodh nar turas neo-bhuan.

Cha be olcas ar furain
Thug ar turas nall,
Ach a sheasamh do dhuchsa,
S i fo mhuisag nan gall,
A righ gur lionar fear gunna,
Ga n d rinn sinn buinig gun call,
Bhiodh gu cra-loisgeach diulich,
Na m be s gu m b fhuireach dhuinn thall,

[TD 116]

Cha robh mo dhuthichs ar n aircais,
Gar am faicinn sibh riamh,
S lionar gunn ann air alachaig,
Ba mhath gu marbh nam fiadh,
Loisge luaidh agus fudar,
Far nach b fhiu sibh nar biadh,
Ann an aodain nan cas bheann,
Far m b a lapach ar gniomh.

Lamh h athar a s do mhathar,
Tha thu raite nam breug,
Sin na gheibh mi do sta dhiat,
Bhi gam chaine le h eisg,
Och nan och thug an garloch mi,
Cho tarail ris fein,
S mairg a shlointe air an s painnt mi,
S bhi fullang tamailt o bheist.

On na shloinnit air an spainnt thu,
Ghlac thu an t ardan s ba dual,
Glutach tuitamach tarail,
Ruic le ardan s le uail,
Stric a sharich do chamas: mi,
Ga ghlana le fual,
Nis on sguir thu dheth d choisne,
Bi sire ghodsaig ma n cuairt.

Tha mo chliu s cho feadhach,
S gu maire e deighe do bhais,
Stric a sharich thu muchdich,
Cuir a chuspair as ait,
Le do chearr mhagaich labch,
Nach dean tape gu brath,

[TD 117]

Ach mi fhein bhi ga d tharuing,

On a mheareachd gu sta.

A bheul na bleid s nu sheamaic,
Le do sheanchas ga rait,
Ba mhath mo lamh s gu d stuir,
Seach do dhurachd gu sta,
Ga do sparuinas peileir,
Ann a d ghoile na dha,
Sann a stada choire,
Am ball am bheil i mor thra.

Tiuginn tiuginn le cheil,
Sni sinn reit anns a bheinn,
Ma dheoch shith bhi gun fhaodain,
S cha n fhaod i bhi uam,
Thoir dhomh lan misair a dh fhudar.
A s peilair dluth os a cheann,
Tilg rist am poll mi,
Mar cuir mi sonn air dhruim.

Oran Seilg.

S grad am bruadair,
So dhusg a m s huain mi,
Dhag minntin luaineach,
S cha dual dhomh tamh,
Ma n fhear a s uallich,
A dhireas cruachan.

Sa choill ud shuas ni nualan ard,
Mi ga t ialadh feadh fraoich s ghiag an,
Mo shuile air fiara s mo ghial gu lar,

[TD 118]

Nar chuir mi suas i gu leig i fuaim,
S tha thus buailt le luoidh ghearr.

Bha mi gle anmach a siubhal garlich,
Bha eagal mor orm a stoirm an fhraoich,
Se mac na h eilde thug a chaismachd garbh dhomh,
E fein sa leanaban bhi taobh ri taobh,
Ghobh mi gle eolach ma chul na sroin,
Bha curam mor orm as a ghaoith,
Nar chuir e chul ruim chuir mis an t shuile ris,
S thug mi n ionsidh ud air sa chaol.

Gle mhoch sa mhadain chaidh mi air astar,
Dhfhios na leapach na ghabh e tamh,
Bha easan aist agus fear na beart,
An cul a chas gus na ghlac e snamh,
A chuideachd ghast a chum air ais e,
Bha gniomh ud taitneach an neach na dha,
S ann air a chaolas a rinn e caochla,
Ghlac mis smavintain s be m aothar a.

Ma ni mi n fhirinn si scoir dhomh innsa,
Bha mi cho titheach air a thoir,
Mi air mo chiosneach n ard sa n iosal,

S gun mo mhial choin air eill m dhorn,
Bha mo bhata gun tearr gun tairngan,
Gun tuadh gun tal cha do bhlar dheth bord
Gun bhuille a shnamh dhean sta dhomh,
S ma ri clann phail bha mi am failing mhor.

Ach chunnacas bata agus dithis laidair,

[TD 119]

Thiginn dh fhios n ait an robh e gun chail,
Ba mac an t shaoir ann s bha an dochdair caol ann,
Bha mis a glaodhich cuir taod ma chraic,
Bha an cluasan duint s cha chual iad durd deth,
S mis air tucha le glaodhich ard,
Bha iad ga shlaod le spionna gheoirdoin,
S cha rohh e aotram nar fhuair e am bas,

Sann bha an spairn a stigh sa bhata,
Edar padrig sa an doctair caol,
A rug fear gu dan dhi air musgaid spainteach,
S mar biodh i bait bha fuil a s gaor,
Cha fear a grait nach na laimhsa,
Am bat a laidair gun bhi caol,
S gun robh ceann na graisg chcimin ri cath,
S o chul a shalach gun d fhuair e h aon.

Sann air a chladach bha an cosloch sabaid,
Na m biodh baitt ann bha claignan gearrt,
Rug fear gu grad diu air iarrn a sraida,
Chum fear na h aid a spa la blath,
Thuirt mi le gradachd cum air ais e,
Na buail am batt air s gun aobhar a,
Mo chuidsa steach e a s cursa mach e,
S bi dol dachi a s gabh gu tamh.

Ma fhuaras marbhe air uachdar fairge,
Cha be ar n armachd rinn an gniomh
A liuthad carbad a phronn gu meanabh e,
Nach d thoire calgan duth as a bhian,
A liuthad sgornan an robh meall mor dheth,
A bha gle dheoineach a leag a sios,

[TD 120]

Nach d thoire dhomhsa gloinag bhronach,
Sa n tigh os d ged bhiodh orm a mionn.

Nam hiodh padrig stigh sa bhata,
Chaidh mi na s dain ann an cuis naodha,
Mo bhean ga scrail a s mo mhac ga smadaig,
Gur math an dan o nach d fhuair e bas,
Cheann e ghraite gun d rinn e marnal,
Anns a n ait sa m ba choir dha tamh,
Gun ghabh e fuadach null do shuainard,
Gun ghaoth a tuath s gun uar ard.

S lionar ait ann sa an robh do lathairachd,
Ann sa raidh so dh fhalbh,
A toirt lathair nan aidhan daridh,

Sa cuir failt orr le buire a garbh,
A chuideachd aluinn cheir gheal chrachdach,
Ga m ghna bhi an carn a gaobh,
S mach dh eireadh ri madainn cheitain,
Ba bhraisa leuma an treud air falbh.

Cha neil sronag an taobhs mhor-thir,
Nach eil thu eolach air a cul,
Ceann loch beoraig an tait conidh,
Am bheil da sheort agus moran diu,
An carn a garbh sin am fasach talmhi,
Am biodh an earb anns a mheanabh cho ill uir,
S bi damh na croic air srath na mointich,
S cha n fhaidhair coir dheth le shron le shuile.

Leam ba mhiannach air madainn uaigneach,
Mi bhi gluas an ri cluas a chuirn,
Dh fhios n fhuairain tha gun truailidh,



Sa bhiolair uain thighinn nuas on ghrund,
Mi ga d iala feadh fraoich a s ghiagan,
S mi m luidh dionach ris ghrund,
S na m bithinn agad man deach thu t fhaicail,
Dhaindheoin do chraicinn gun stada tu.

Co a chi sibh a falbh no leachdain,
Is boiche dreach no mac na h eild,
Le bhian dearg dathte le chalg le chabara,
Gu fiamhach faicailach an glaic leis fein,
Tha cluas gu claistain sa shuile gu faicinn,
A cheann sa chasan cho grad gu leum,
Cha rohh e n Albain dhuine talamhi,
A chuma falbh ris nan ama so n de.

## Oran leis an Donnach Ghrigarach Cheudna.

Nar bha mi og bheirinn greis air oran,
Mire ris na niaghanan,
On bha mi cridhail gorach,
Cha bhi te thaitne ruim,
Nach fhiachin blas a poig,
S gheibhin greis gu manran,
On bha mi dan Seolta,
Heir mi n o na hi horo,
S fhad on tha mi m onar,
S fhad is cian gur fad e,
S fhad on tha mi monar,
S curam mor na muirchin,
Tha am chumail air an doighs.



Gur diumach air a chleir mi,
Na n eisd sibh ri m chor-ra,
S math a dheanamdh ceartas iad,
Cha d fheuch iad dad deth dhomhs,
Chost e leth cheud tastan domh,

Ma n d fhuair mi baist a dhomhnul,
S mar d thiginn s gu reit,
Gu n eigh iad stol mi,

Bha ministairan is eildairain,
Lan dh eibhneas comhla,
Nar fhuair iad an tulu,
Ga chunnta air a bhord dhoibh,
Nar fhuair iad an tulu ga chunnt air bhord,
Thuirrt iad air bialubh cheil,
Gu m b fhearr dhomb fein a posa,

Labhair mi gu sibhailt,
Ann briathara min seolt,
Stad oirbh dhaoin uailse,
Na luaidhibh ruim ar co ra,
Tha an sean fhocal a g inseadh,
S cha dibir sinn ri r beo e,
Nach d thoirir duine air eigin,
Mar bi e fein leth dheoineach.

Mar ri mar tha do chairdean,
Cuir angair orm an conidh,
Ag radh gum feuch iad ceartas domh,
Nach d fhuair neach riamh do m sheosa,
Cheart cho chinnt a s peacair mi,
Nar mheala mi mo chota,
Mar deanghain fear air banais dut,
A s cairid air a chorda.

[TD 123]

Oran le te do leannan a s e air a treigsinn.

Soridh s lan do m leannan,
Do na ghleannan fhuar,
S fhad leam thu fanachd.
Air n ain-eol uam,
Ged do chuir u beanneachd,
Gach ciann tamal uat,
Le fhaidid on doras,
Cinnidh an t shoiridh fuar,

Ach mas e caileag tochri,
Air am bheil thu an ti,
Chunnic mis a roimh so,
Gu dearbh nach b i,
Ach ma ghabh thu an t aithreachas,
Gur ro mhath an tim.
Sa n te a rinn thu mheall,
Gu ma fallain di.

Cha neil thus ach leth-cheannach,
S cha bhi ri d bheo,
S mis bheire teistnas,
Ort uair na dha,
S dona chullidh leasacha,
Do fhleasgach og,
An deigh gn t shuiridh chuir seachad,
Bhi cho leasg air pos.

Theid thu seach an doras,
S theid thu leth-char fiar,
Mar nach tus thoille,
Bonn na choire riamh,

[TD 124]

Cha d thoire mi ort droch theistnas,
Sann domh nach b fhiach,
Chosne thu mo bheanneachd,
Cheannich, thu dhomh ciall.

Tha thu o cheann bliadhna,
Fiadhich fad thall,
Fiosrach air mo bheasan,
Sgeul is duileich leam,
Chual tu na breugan,
Gan leubh air mo chul,
S laothaid tha mo dheigh ort,
Gur tu fhein a mhuth.

S lionar a sud agam,
Luchd tagra na luchd ruin,
A ginnseadh luchd gabhan,
A n sgeul a b fhaid leam,
A ginnseadh a luchd ghabhan,
An sgeul a b fhaid leam,
S na n cluinne caileag ghlic e,
Cl a ba mhist a tur

Ach stric a chreid na caileagan
An sgeul gun bhrigh,
S mor h orm a dh aithearac has,
Na riun mi fhein,
Mi bhi gabhail t fhurain,
S ga chuir am pris,
S deacair dhomhsa am mulad sin,
A chumail diom,

Na n tarlain a s tu an cuideachd,
Dhomihnach a na luan,

[TD 125]

Dh aithnain thus cumaint,
Cumail fad uam,
S g a d bhithiun ullamh,
Gu ma chuir s an uaigh,
Choidh cha chuirinn cuir ort,
S cha ba ghuin leam t fhuath

Theid thu as mo suilean,
Nuar a gheibh mi clos,
Theid thu as mo chupon,
Nuair a gheibh mi deoch.
Theid thu as mo chuideochd,
Nar gheibh mi s port,
Agad a tha n fhailig,
S na ba feard leat.

Chaidh thu as an duthich,
S dh fhag thu mi fo sproc,
S an dut fein s nach b fhiu sin.
S dona chuim thu am plot,
Ach gum faiceam fein,
Gach te leanachd ort,
Gus nach bis ud agad,
Aideacha na tosd.

Oran an Tailair.

Ach na n eisd sibh ri m ghailic,
Dh innseadh s geul ba gabha libh,
Dh inisinn dhuibh mar rinn on tailair,
Nuair bha cach ri spairn s ri tri,

[TD 126]

Nuair bha feum air daoin laidair,
Chum a nabi thoirt gu cill,
S mor an sarach thuirt an tailair,
Ann sa chas so dhomh fhein.

Bha botal mor a stuth na toiseachd,
Ann mo phocaid s leon e mi,
Sile dhrapan trom air m fheil,
Ruisg e air mo shleistain min,
On a dh fhailig air na cosan,
Ceum nas fhaid cha d theid mi.
Faighidh dhomhs each s diollaid,
Cuip s srian s theid mi na chill.

On a s tailair thu dh fhas laidair,
Na biodh ac ri ghrait ruit,
Nach seasannh thu mor fhear a chach,
Fhad sa mhairse spairn sa chuis,
Their iad ruit ma ni thu geil,
Gun d thug n h eilan uat do lus,
Agus mnathan dhaoin poist,
Bhi gam poga annsa chuil.

Labhair raonal gu glic socrach,
Dhaoin s olc tha sibh gun tur,
Na m biodh e air chomas treubhantos
An saoil sibh an geilh e co dhiu,
Gad fhailig e sa chos so,
Tha e math air caramh chlut,
Cimair ni sinn fhein as aonais,
Nuair a gheibh sinn aodach ur.

[TD 127]

An sin nar fhreagair an tailair,
Se meud m airnais sharich mi,
Stoc s seoci a s miosar shnathadon,
Miaran stailin nach robh cli,
Bha an siasar ann a s e cho chruai,
Sud an uair nach d ordich righ,

Bhriste e am botal air mo chruachin,
S dh fhag e an t uairadair gun chli.

S math thig sgian s forc s biodag
Ann an cris air slios an t sheoid,
Gunna caol bhi fo t achlais,
Leis an leaga domh na croic,
Cha be miosar crom san shnathad,
An t iarran clair s do mhas air bord,
A chleachd thu ach bhi siubhal aonich,
S cuilean caol agad air rop.

S math thig cota bhreacan stiollach,
Air dheagh fhiara ma do chul,
Osan gearr d s gartain abrach,
Ma do chalp a taicail dlu,
Gar na sheasamh thu dimairt,
Le meud an ian chuir thu d bhru,
Ghleidh n truir ara fearann Domhuil,
Chairthte co-la fo do ghlun.

Marabh rann le Calum Mac a Phearsain do oighre a chrubin am Baidainach,

Strom a shltra t aog oirn
Bhuail e coran na saoithid,

[TD 128]

A leon e sgeoilair na beurla,
Dh fhag sud bron air a dhaoine,
A bhi gad ghulan air ghaoidaibh,
Gu gruit ur le neart gheardain,
T fhagail duint fo fhraoini,
An seomar ur gu bhi choidh ni fò n fhoid,

Thainig taraid neo chaomh oirn,
Cha ne am bagradh a rinn e,
Rinn e bheart man rabh an t aofhar,
Lub e an gallan a b fhine,
Dh fhas dheth an darach ba daoire,
Ba cheann iul air tus dhaoin thu,
Bo neo bhuit thu sa chaonnaig,
Fath mo ghearain gun t fhaotain,
San tur gheal anns a choinni am bi phoit.

Chualas sgeul s cha chuis ghaire e,
Dhublaig deoir air a chairde,
Fasg a dhorn ma chuis t fhagail,
An gruit ur fo bhuird shabhte,
Gun cheol miusig na tailsg,
Gun cheol pioba na clarich,
Gun fhuaim ciul ach deor shailt,
Aig a mhuinntir a dh.fhg tha fo bhr on,

Cas thu dhire a bhruthich,
Leat ba mhiann air a shiubhal,
Iuidh chaol a bheoil chumhan,
Chuire fudar na shiubhal,
Leag feidh le trom fhuthar,

Lot a bein le mor dhiubhar,
Coin bhar eill ga n cuir riu,
Bheire te dhiu le bruthach fo leon.

[TD 129]

S binn a naitheachd s ann bannte,
Dha na h-aighean s t shamhra,
Do na graithan a tearna,
Do n damh dhonn theid so n damhair,
Dh eoin s leibh dh iasg amhna,
Choileach duth na sge baine,
On chaochail thu t abhaist,
Nach mairean thu slan eoghain oig,

Strom acain nar diubhail,
Chail sinn scobhaig tigh chrubin,
Urrsain chath gun mhuth,
Sgoilt a gnothach s gach cuis thu,
Fath mo ghearain ri chunnta,
Gu n otharich anart is uir ort,
An urlar teampuill fo chul-lic,
Far nach duisg do luchd ciul thu,
Thug an t ard righ an t shlat uil uainn,
Measg nan ainglean cho muirneach ri Iob.

Ma mhor dhiu bhail do charamh,
Stuire an cupan ri tairnibh,
Le shaithide dubailt a ladair,
Fhuair i cuis dhiot gu h ailais,
Fhuair i ulachd gu lar dhiot,
T uile bruit ann ad bhragad,
Is i bhi bruthachd mar scarlaid,
Cha robh cuis ann gu d thearna,
On na duile gu slaint,
Dh fholich uir do ghnuis aluinn,
Sinnidh trompaid gu h ard,
Sgoiltidh uaighean is teampuill,
Eirigh mairbh ast n aird,

[TD 130]

Ma n d thig m ionndrinns lathair,
A dh innseadh dhuinn gu de m bar tha teachd oirn.

Fhir thug maois o righ Pharo,
Sgoilt n fhairg na claraibh,
Shocrich talamh is Pharas,
A rinn do neo-ni siol Adhamh,
Thug an truir as an amhain,
Seall an taobh so cairdeas,
Bhuain thu chraobh s i na plandas,
Man d fhas duilleach na meang oire,
Trian a d abhaist cha n eol domh,
Ga innseadh sgeol thoirt do chach air na fhalbh.

Nam ba chreubhagan feol,
Bhuaint an t eug ud a leon thu,
Chluinnte sgeul ann an Alba,
Nochte crann is breid sroil ris,

Cat is greann agus colg air,
Racha treubhan an ordugh,
Ma m bi t eirig gun tarachd,
Da thaobh spe gu n ruig locha,
S iad mar dhreagana sheochd dol sios,

Oran do n ionghnan bhaidainach.

Air,—Fonn coir a cheathich.

Gur mor an airamh chaidh do niongan,
A thoirt diciadain sios gu cuirt,

[TD 131]

Bha coignar dhiu is am bru ri m bial ac,
Ma se s gur fior na chaidh aithris dhomhs,
Ach na niarte iad fo s n iosal,
Ghibhte sianar ann co dhiu,
Thoir fear do gach te dhiu s bi dha dhiag ann,
Rinn an diolans am beagan uin.

Nuair bha adhamh sa bhean sa gharadh,
Se cheud aithne a thuirt e riu,
Cinneadh nis agus fasidh lionar,
Bithidh siolach sa dol na smo,
S math chum iad ri m bliathna,
A mheud s tha shios uam dhiu co dhiu,
S mar an diachain gheibh an duin fiachail,
Tha n diugh a riaghal annsa chuis.

Gheibh e deuchain e fein s chuid eildairain,
Toirt na treud sin dh ionnsidh cuirt,
Ged thain a cheud chuid le aigne deurach,
An cois a cheil dh ionnsidh bhuird,
Na fir cha gheil iad gus n fheudar,
An cionnt cha leir leo le sealla sul,
Ach sinne s te-an s nar crios air eiridh,
Chi gach Creatair mar dh eireas dunn.

Ged si cheud aithne fhuair ar sinnsar,
A bhi cinntin mar an druichd,
Cha bann diolain bha thora air iarri,
Gu dol au lionairachd ann sa duthich,
Ach gach nionghnag bhi glic ciallach,
S gun i striochd ann sa chuis,
Gus am faithidh i fear le ordugh,
Dheana posa le deoin s le muirn,

[TD 132]

S mor an tamailt do mhaidain alinn,
Bhi gulan paist a dh fhear gun iul,
Bheir an toiseach gradh dhi sa rist a h aicha,
Gun dean e fugail mar dhrabhach ailt,
Bith si air luasgan mar luing: sna cuainte,
Nar dheireas buairas ris na tuinn,
Bi a cairde an gruaim ri s cach oire suarach,
Mar sporan uain gun dad na ghrund,

Ach se mo chomhairle dhuts ha t oigh,
Thu bhi glic seolt nis co dhiu,
Gun do gaol a thoirt do dh oigear,
Gad robh e co-ra ruit gu cuin,
Gad do gheallas e do phosa,
S gad gheibh thu deoineach e s gach cuis,
Cum thus e an conidh an taobh muigh dheth d chot
Sin mo sheol dut s gabh dheth suim.

Siomad gaire ni iad fo s n iosal,
Fhad sa bhios diomhairachd ann sa chuis,
Bith gach fear a the cho mioghail,
A cheann gun striochd i dha s gun lub,
Bheir e mhoidain is bhriathran,
Am feasd nach iarr e te eil ach thu,
Ach cuinhnich thus cha tu chiad te,
Chaidh fhagail cianail san diar o suil.

[TD 133]

Oran molaidh do Dhonnach Grigarach ciopair n ionbhar bhac.

Air,—Fonn Ruil mor an fhreicead ain.

Luineag.

Ho ro gur mi tha aitheareach,
Ma naidheachd so tha ur oirn,
Gum bheil donnach Grigarach,
Nis a dol a phusa,
S liuthad maidain bharail,
Dh fhas baraichte san duthich,
A rinn thu nis fhagail,
Airson cairdeas Pegi Dhughlas.

Se Donnachi og Mac Grigair,
An t oigair sciobalt suairc,
Nuair thig e thun bhail so,
Se thogas dhinn an smuairain,
Sa luithad oiche fhada,
Chum e cadal o na ghruagich,
S chumach e gu madainn,
Ann an luib a bhreacain uain i,
Horo gur gur mi, &c.

Chuna mi dol seachad e,
Le bhreacan air a ghualain,
Shaoil leam gus am faca mi,
Gur spealp a do dhuine uasal,
Le ghunna caol fo achlas,
Le dhag s le chris guaile,
Bonaid gorm san fhasan air,
Cha n fhac sibh cho uallach.

[TD 134]

Gur ro mhath thun na mochri,
Ri muna thun a chuartich,
An t oigair treubach tapi sin,

Nach taisicha sa chruadal,
Bhiodh airsan aoidh an aitidh,
Gad bhiodh sneachd is reodh cruaidh a
S cha chreide h aon nach fhaice e
A thlachd a measg na n gruagach,

S math thig gunna s claidh,
Air a theanna ma do chruachain,
Nar sin is feile phreasach,
Air an leise nach ba suarach,
Osan gearr is gartain,
Ma do chalp taicail luainach,
B ogan duth socrach,
Man troidh nach dochin uair iad.

Nuair rach tu air urlar,
Ba luthar anns gach cuairt thu,
Cha neil e anns sa n duthich,
Fear ciul a chuma suas ruit,
Cha d thain e as an fhraing,
Maistair dannsa bheire buaidh ort,
Na chratha leth cho subailt ruit,
Gach rudan tha fo n chruachain.

Cha neil cron ri aithris,
Do nas aithne dhomhs luaidh ort,
Le d cho-ra sibhailt farast,
Tighinn on bheul nach labhair tuailas,
S fhad a thug thu barachd,

[TD 135]

Air gach fleasgach tha ma cuairt dut,
Le d shiulean boidheach mealach,
Fo d mhul chaol gun ghruaman.

Nuair rach a tu ri mona,
Le do loithain chon ma cuart dut,
As do laimh gun earbain,
Gu sealg na n coileach ruadh,
Stric bha damh nan cabar,
Anns sa ghlaic am biodh am fuaran,
Na shina call na fala,
S face is lassi toirt nan cluas deth.

Oran le Tearlach mor Robastan tha san am na phost Ann Blar n Athal do thearlach robstan am bo-hes pig is iad air tachairt an bothan poit so mhon.

Air fonn mo bhobag an dram.

Lnineag,

Horo ba toile leinn bhi g ol,
Hiri ba toil leinn bhi g ol,
Horo ba toile leinn bhi g ol,
N am tachairt san tigh sam be an ceo,

Beir soiridh uam dh dhionnsidh an laoich,

A thacair orm madoin dirdaoin,
Gun shuidh sinn ma chrocan do n fhraoch,
S gun d ol sinn a bhotal ar daoin,
Hora ba toile, &c.

[TD 136]

A thearlaich nar thachair mi s thu,
Sain tigh sa m bi daonar an smuid,
Gun d ol sinn nar g loinne le sunnt,
S gun d fhag sud mo chloigins ciurte.

Dhealich sinn suilbhir grinn,
Cha d fhairich mi coire orm san tim,
Sann ghabh dhomh n aodain a chinn,
Gun chuir e mi luidh gu tinn.

Cha do shaoil leam gad olain a sia,
Gu n rachain cho fad as mo rian,
Sann dh fhas mi cho aotram ri ian,
Gur beag nach do chail mi mo chial.

Fhir a shiubhlas am firach ud shuas,
Gulain soridh do n tigh ud gu luath,
Do thearlach og mac dhomh-l ruai,
An combanach eireachdail suairc.

A s innis mar thachair an de,
N fhear thain tarsain na steud,
Gu n robh e air leaba gun fheum,
O mhadain gu luidh na grein.

Cha dean mi tuille ga chainnt,
S cha lean mi nas fhaid a rann,
On chaidh an daorach cho mor ann mo cheann,
Cha n ol mis deur tuille ga geamhra.

[TD 137]

Oran le Phegi Stiuard am bail brothain am baidainach.

Air—Fonn Mairirad mhin mholach.

Luineag,

A Phegi bhan on tha thu laothach,
A Phegi bhan on tha thu grinn,
A Phegi bhan on tha thu briagh,
Bi thu am bliadhna na do mhnaoi.

Am feasgar sabaid bha sinn co la,
Chuir iad n orduch dhomhs na suinn,
Gun robh ochdar dhiu ga d iarridh,
S thoir leam fhein gur briagh an t shuim,

Gnm bheil fitheudair ruadh na sroin,
Ag iarridh coir ort a mar mhnaoi,
S mor gu m fhearr dhut donnach dhomh-l,
Chuiradh e n ordugh eich is croinn.

Gum bheil alli nethil gad iarridh,
Tighean scliat aig tha grinn,
Ach ma bheir e suas an t shliabh i,
Bith sile dhiar ann tha mi cinnt.

Tha iain toiseach oigair suairc,
An duil do bhuannachds mor mhnao,
S gad s iomad fear tha n toir ort,
Cha n fhaith thu phos ach a h aon.

Gum bheil Donnacha Mac Iain,
Gille cridhail s e ro ghrinn,

[TD 138]

Ach ma ni thu nis fhagail,
Cha d thoir e lamh do the a choidh,

Gum bheil aoghanas ruadh an clachair,
An duil a d fhocal sa bhi cinnt,
S mor gum b fhearr leis bhi san teasich,
Ma se s nach freasdail thu e n tim,

Gum bheil ciopair noid an toir ort,
Giullan stoilt laoghach cruinn,
Gar m bheil aig a ach an oige,
Bhiodh e deoineach leat mar mhnaoi.

Tha mac gillab measg na aireamh,
Bhios a tala Pegi Ghrinn,
Ach nuair dhuin iad air am ba-ich,
Dh fhag sud esan craiteach tinn.

Nuair a theid thu sios an t searmain,
Tha maidsair arm ann so Inn,
Nar gheibh es an cot a dearg air,
S deas a fhalbhas e leat air fild.

Cha robh ach ochdnar tos na blia n,
Bha ga t iarridhs mar mhnaoi,
Ach nis tha seachd diag ann,
Dhublaig sud an riadh san t shuim.

Ach na n bhithinns cho buadhar,
A sa buannacha dhomh fhein,
Bhiodh i agam air mo chluasaig,
Bheirinn naird a dhuanag i.

[TD 139]

Cha d rinn mi n ainmeach uile un drasta,
On chaidh pairt diu as mo chuimhne,
Ach nar chi mi domh-l phail,
Ni es n aird dhomh an t shuim.

Oran Chlann Domhnuill nan eilain.

Beir soiridh uam gu m eolas,
Gu troternas se b aite leam,

An talmh maiseach boidheach,
An tir ra ordail mharc aitach,
Far am bheil na daoine coir,
Dh fhas fialidh mor neo-acainach,
Mnai uailse a suaire coir,
Gun ghruaim gun phrois nan achlais.

An tir ro fhoirmoil chliuteach ainmail,
Mhuirneach mheanmneach mhac ant,
Ba lionar sealbh iasg na fairge,
Tric ga marbh an taie ri,
Thig bradan tara gheal ineach mealgach,
Iteach earraghlan breac lannach,
Ann fonn an dearbhte an cinn an tarthor,
Diasach ceann mhor pailt ghrainneach.

Be sud an duthich fhialidh,
Air an eire grian gu mochrach,
Gu lubach strathach iosal,
Gu monach mianneach guc agach,
Tir chruathach scuabach liantach,
Tir mheasail mhioghail thrusganach,



Tir mhor tha cor gu biatachd,
Tir bhoidheoch mhiannach lusanach.

Tir bhuathach bhla gun chruas gun chas,
Tighinn fo bhla gu guc agach,
An grund a fhearr o shliabh gu traigh,
Gu fasach lanach lusanach,
Chrobh laiodh gach ait a sir bhreith ail,
Gu blioc-ach darach sruth bhaineach,
Ba ghrinn-a ghaire aig fuaim man ba,
Dol suas ri ar nan ucanan.

Bith mnaithan donna dualach,
Fas gu cuachach cruinnagach,
Dh fhas modhail banail stuam,
Neo ghruamach uasal iorsal,
Le n alach glan mau cuairt dai,
Gan togail suas gu h inalt,
S iad fein gu laocha suairc,
Caoinail cuachach cinadail.

Bithidh oighean min biodhach finalt,
S toilt a righail innalt,
Gun fhuachd gun ghris gun ghruaim gun sgios
Tha suairc finant binnagach,
Pairt diu sir chuir aird air ni,
Gun chas gun sgios gun iomadan,
Pairt mar chi le lanachd ni,
Cuir faim air sid s air ghrinneasa.

Rith daoine tlachd-or coir ann,
Ag ol ma bhord gu n eilaineach,

Nach mall s nach gan mam pocaid,
S nach storas doi air tireachdain,
Be sud n fhine mhoralachd,
Clann Damhnuill mhor nan eilainan,
Nach inndrig ann an do-bheart,
Nach toiseach air ni cheile iad.

Na laoich bha treun ri am a n fheum,
Crodh gleust a fearachail,
Bha ullamh re gu suibhal sleibh,
Ruidhach leumach deannalach,
Ga n math eidi cris am feil,
Am breacan eutram ainaibh orr,
Sann ri dh eighte a cheud rtreut,
Gu dol san treud gu gu ceannasach,

Nuair thogte sibh gu coi-stri,
Ba chonnspaidach am pannal sibh,
Theid eolach ann n combaid,
Ionnsichte neo-ain-eolach,
Cha n fhacas riamh a tionnda,
Dhain-dheoin puing cha n fhana iad,
Co be bheir orr ionnsidh,
Be sud an tionnda ath-ghairid.

Nuair thogte a bhratach bhall-bhreac,
Gu meamnneach os cheann chuirian,
Air laoich thlachd-mhor dealbhach,
Ba gharg iad an taobh chuirte iad,
Nan eirodh fraoch na fearg orr,
Gum b anamant garbh guineach sibh,
Cha phillar sibh le armailt,

[TD 142]

Gad bhiodh Albain mhor air cruinneacha.

Bith loingeas bhreid-gheal cuan ga reub,
Seoltach reultach iullogach,
Lamh dhearg ga h eighach cinn ga m beum,
Seoid nach geil a cheannardan,
An taobh dh eighte b ullamh re iad,
Smairg ga m b eigin fuireach riu,
Bo feoil gu feist aig eon n t shleibh,
S leor gach beist a chruinnichas.

Oran an radain.

An oiche a bha mi am bail neachduil,
Dhag na rodain mi gun cho-ra,
S daor a phaidh mi mo shuipair,
Gad do gheibhin mile a s rost,
A cheud fhear mor a rinn big dhiu,
Bha cor is mil dhiu n ordugh,
San tord strume bha n ile,
Cha chuire e prine am thoins.

Am fear mor bha san uineag,
Gun leag esan guilag mor as,

Thuge e lamh air cuma n treisgain,
Thuirt e gu m ba leisan coir air,
Thainig fear dh iarridh pairt air,
Sann dhaicha e gu mor e,
Cairdeas na coman ri d shaoghal,
Na d thig an taobh so ga fheorich.

[TD 143]

Chuir mi mach mo lamh fo n aod ach,
Rug mi air da chaoirain mhoin,
Bhuail mi am fear mor anns naodan,
Leig e glaodh as a bha bronach,
Thug e aom taobh a chul,
Shil a shuilean is fhaga e leoint,
Dheirich mis an am sheasamh,
Shaoil mi fhein nach b eirt beo orm.

Dherich mis an am sheasamh,
Shaoil mi fhein nach beart beo orm,
Struagh nach robh mi anns an teasich,
Na air mo leth taobh am ba moin,
Mas do chail mi annis a n tigh so,
Culidh a chleasa nam ban oga,
Cairdeas coman na caidri,
Cha d thoir Nic a nab dhomhs.

Nuair thainig mis am bail,
Dheirich mo bhean ann m cho-ail,
Sann dhaltich i mo bheath,
Chuir i mi m shuidh an caithir chonart,
Thug i dhiom mo bhrogan is m osain,
As chuir i mo chosan n ordugh,
Na m bi fisam thu bhi tighinn,
Chaidh mi greis an t shligh ad cho ail.

Nar thainig am dol chadal,
Cha robh ar caidridh ach sodhail,
Dhinnis mis an sin le luathghaire,
An droch uair a dheirich dhomhs,

[TD 144]

Leig ise an sin osna bhochd aisd,
Sgoiltadh e na creagan mor,
Thionnda i ruim a culthaobh,
Shile a suilean is bha i bronach.

O bho u sguir ad chaoine,
Ghaoil na bios a fo bhron deth,
Agam fein tha fath a chaoine,
S iad mo raodan fhuair an scroba,
Ghaoil na bith orts curam,
Tionnda mi air ioma seol ruit,
Ni sam bith thig anns a rathad,
Deain a ghabhal gun fhios domhsa.

S daor rinn mis do cheanneach,
Nuair bha thu d ghiullan gorach,
Thug mi airgid agus feudail,

A cheann t fheudan is tu ogail,
Nis ma thug na rodain uat e,
S bochd s gur cruaidh dheirich dhomhs,
Truagh nach d thug iad diot na cluasan,
Man do leig iad uath beo thu.

O bho u s bochd ri ghraite,
Thoir leam fhein gur gnat an seol a,
Cleas a chait a dh ithe an cais,
Bail leats dheanamh ormsa,
S mor a b fhear dhut mi mar tha mi,
Na ma sgailtachan maol doit,
Coslach ri mac an lisdair,
Bh againn anu sa n tir chonidh.

[TD 145]

An sin nar chaidh sinn don leaba,
Da cheann na plaid bha comhla,
Mo n gann a labhair mis am facal,
Air a tarsinn bha i stroichte,
Tog dhiu sin nis do raoghain,
Nar fhaicam t aghaidh fhad as beo thu,
Ma gheibh thu giobal na lurach,
Dean do leaba an cul na moin.

Agads cha robh aobhar talich,
Tha mi am barail le fios domhs,
Cha d iarr sinn duin gar reiteach,
Fhad sa fhan ar gleus an ordugh,
Thionnda mis an sin ri mairi,
Mar a babhaist a s thug mi pog dhi,
Labhair ise an sin le heibhanas,
Fhuair thu an rud tha feumail domhs

Oran air lath blair sliabh an t shiradh.

Dh innsinn sgeul dhuidh le reasan,
A b fhiach dhuibh eisdeachd anni s an am,
Bhi murt a cheil a leth righ seumas,
S gun e fein thighinn as an fhraing,
Ma dheibhin Deorsa cha neil ann ach bochdan,
Ged chuir an storas au crun ma chenn n,
Ma d thig an liunasd lagidh chuis air,
Is theid a sguirse null do n Spainnt.

Moch Di-Satharn aig uachdar-Ardachidh,
Nam batailain bhi dol sa n rang,

[TD 146]

Fhuair sinn sgeul ann com n an-moich,
Gun robh or naimhde ceart lamh ri r lamh,
Ghabh sinn air adhart a ghabhail sealli,
Gu bail laothach thachair oirn,
Far d rinn clann Domhnull an greadan doit,
Dheth n arthar bhoidhach bh ann san loinn,

Moch di donich a dol an ordugh,

Ba lionar siol bha ga chuir ri crann,
Fhuair sinn ordugh ar breacain fhagail,
Cha b ann n t searmain a gluais a chlann,
Gach fear ba luath is fhuile na ghruaidhe,
A s e na chruai-cheum suas an carn,
Gum be cheud chodhail thachair oirn,
Luchd nan gorsaid sna cot dearg.

Bha gleann a garadh gar sir tharuing,
Mac ic Ailain is Morair Mharr,
Loch Iall sa mhuinntir s mac Iain Stiuard,
S Tighearna Shruthain o n t shlis gharbh,
Iarl Shiphart nam bratach prisail,
Se mo dhibhail thachair dha,
Cho chinnt s a s beo mi sa n ath chodhail,
Dhain dheoin Deors gun gearrr iad craimh,

Mhorair Marsal gum faicam slan thu,
Stu nochd dhomh a cuirdeas on tra so n de,
An trup dhuth thairignach theab or m arabh,
Chuir thu sgars annd air feadhnt shleibh,
Cha bionnan thu is gaodhar clua sach,
Dh fhalbh uainn do Pheart na steud,
Na m be mis ba chomandair,
Gu n deach e am brangas am fianais cheud.

[TD 147]

Clann an leathan sin an Dreolainn,
A chiudeachd chonnard bhair an t shliabh.
Cha d hhuail ar namhad buill bais oirbh,
An cul ar salach n ait riamh,
Gus an drinn sibh an seasamh suarach,
As moran fuachd oirbh orr an t shliabh,
Cha deach muinntir deors gun ait conidh,
Gun ar toireachds bhi na deigh.

Mac Mhic Ailain oighre Mhuidart,
Marcach sundach nan each seang,
A ghlac thu an dualchas ud a d sheors,
Gum be do dhoigh thu bhi air an ceann,
Na m bith iad uile cho dilies,
Na bh eador Ill agus innsa gall,
Cha robh an sasun le m poc piding,
Na bheiradh masla dhuinn ri r beo.

Dh fhalbh a choir a se thain n eucair,
Amhairc fein nis air feum an t shluaigh,
Dh innise Tomais ann sa n fhaisneach,
Gur e na gail bhuidhne buaidh,
Bith fallas fala air gach mala,
Cuir a chath aig uisge Chluaigh,
Bith sasun striochd dhaindheoin innleachd,
Ag iarridh sith air n Righ tha uainn,

Oran Gaoil.

A s mo chadal cha bheag marnsal,
Gun thu agam ghraidh,

[TD 148]

Tares d[?]amh t fhaicinn ann am ghlac,
Eudar mo dha laimh,
Sud n aisling uaith nach ceart mi,
Chuir as domh gu lath bhrath,
Tha saithde chubid gu geur guinach,
Annams an sas.

Co bith chi na chunnic mi,
Cha n ann gun fhios dhomh bha,
Do chul donn dualach cas bhui snuaghar,
Lomlan dhuail gu bhar,
Deud as gile meoir s grinne,
Beul om binne dan,
Do chichan conard thaitne ruim,
Air uchd nan tur gheal ban.

Sann ad mhuineal tha an deagh chuma,
Miann gach duine thamh,
Seang chorp fallain mar an eala,
Air Bara chuain snamh,
Thugs ceist s cha ba bheag i,
A bhean an leadain tla,
Nur shlat uasal nach fhaigh uams,
Cridhe fuar gu brath.

An t shlat fhiodh alinn annsa gharadh,
Air an d fhas ameas,
Na n grainn cruinneach anns re phairc,
Nach d fhas meadhan dris,
Do theanga ghast nach d fhas lapach,
Leis na ghlac thu mis,
Do chichan bana air uchd sar-gheal,
S galar bais domh nis.

[TD 149]

An gaol bhagain o shean,
Sa cheangail ruinn an uir,
Nait diomhair na air leth,
Cha n fhaod sinn chleth ni s mo,
S fheudar dha nis briste muigh,
Olc air mhaith sin duinn,
An gaol bha ceangailte ann am chri,
Cha leigheas leigh ach thu.

Thug mi gaol gu grad a m shuain,
Do bhean an sguab fhuilt thla,
S i tighinn m inntin fein gu tric,
Gun fhios ag am ge m fath,
Ach mas cuis e mhaireas buan,
Gur paidh duais da am bas,
A s fios bhi aic mi m luidh gu tinn,
S nach d fharraid cimar bha,

Chul aiobhin meachar cuant grinn,
Air geug nan cuachan redh,
Tagdhaidh than fo d chaol mhala,

Slis mar chanach sleibh,
Deud mar chailc beul na maise,
Bean ba tlachdar gleus,
An gallan ur air a m fas ubhlan,
Lub sios gu feur.

Sann an chadal thug mi gradh dhi,
Leig gu lar mo mheas,
M uile a dort ann mo bhrogan,
As mo phor gu tric,
Se gaol do poig rinn mo leon,
Am fad sa s beo mi nis,

[TD 150]

Sa choidh cha phos mi,
Ach ri coirnail bhios ri foirneirt glic,

Beir soridh uams muigh air chuan,
Gu bean an sguab fhuilt re,
Stu s guirm suille sa buidh cul,
Na driuchd air bhar a feur,
Cul faineach cas nan iomla pleat,
Mar dhearla a teachd an ghrein,
Och och mo chreach se dh fhag mi lag,
Gur fad uam an cein,

Rosg thana chaol fo d mhal chaoin,
S tu gamharc orom gu tla,
Gach sealla suairc a bheir thu uat,
Se bhaunich dhut mo gradh,
Ga ioma crois bhiodh air mile troich,
Do phaipair scrioba ban,
S co liuth lot tha ann mo chorps,
G osnich ort gach tra,

Mar chobhair mara muigh air trai,
Do bhragad tha gu dearbh,
Mar eal bhan air chuan a snamh,
Na eitag gheal na n carn,
Falt fad re air fiamh nan teud,
Na n t or a s deirg neul,
Gad t amharc uam mar bhoilsg na ghrein,
As t eugais tha mi dall.

Do bheul ma d dheudich lan do cheil,
Nach breugich sgeul ach dearbh,
S lionar creuchd dh fhag thu m chre,

[TD 151]

On ghabh mi speis ad dhealbh,
S truagh nach mis bha m aon,
Dh faoda theachd os n aird,
Gach uair ri m fheum dhionnsi leigh,
N tra smaoinichin h ailt,

Do chos fo n ghlun ba ro mhath luth,
Nam dal air urlar ard,
Nar chluinna tu na teudan ciul,

Se dhuisg tu ad phramh,
An ribhinn ur na chuir mi duil,
Dh fhag ciurt mi gu brath,
O righa nan dul cuir re gach cuis,
Leig dhuinn bhi mar bail.

Oran Mar deanabean agus duine e.

Air fonn Muladach mi s mi choni an-gleann smeoil s geamhra ann.

Cia mar dh fhaodas mi bhi beo,
As duine breoit truagh agam,
Ean sean s mis og,
Sann aig tha an cor mor chual sibh,
Nar theanna s mi ga choir,
Tha bhial sa shron air fuaracha,
Gur mor a chulidh ghrain a phog,
Le fhiasag mhoir ga suath ruim.

A bhean cha neil do labhairt ceart,
Bha neart annam nar fhuair thu mi,
Dheanain mire muirn s macnas,

[TD 152]

S ghleachdan ris na gruagichan,
Tha an sean fhacal ma fhaodor innse,
Na sgeul tha fior mar chualas e,
Cha mhair an sionnach air shir rui,
Bith e sgi dheth uairigan.

Ise.
S don ghreis a mhair thu dhomhs,
Cha be am pos buadhar e,
Chail thu d mhisneach s dh fhas thu dheor,
Nuair ba choir dhut cruadhach,
Air san da fhichead bliadhna s cor,
Cha aois ro mhor ma n tuairmachd sin,
S iomad fear nach eil cho og ruit,
Chuire por mar thuathanach.

Dheanan cliath s cur s crann,
Nam faighin earlaid luatharach,
Dheanain cuideach a ri bantrach,
S gheibhin taing is tuarasdul,
Gad do chaidh mi nis a pris,
On bhios mi tinn air uairnean,
Bha mi roimh am sgallaig ghrinn,
S ba mhor gad dhi na fhuair thu dhiom.

Na h uile cas an robh thu riamh,
Bha teanga ud bhial dh fhuasgail ort,
Na n creide gach neach do sgials,
Dhiana tu na cruachan domh,
Ach cait am facus riamh do ghniomh,
No n d fhiach thu air an ruathar e,
Gun robh do lamh s do dhruim cho diomhain,
Sud an giamh a fhuair mi dhut.

[TD 153]

A bhean nach labhair thu gu foil,
Cha neil do cho-ra buadh ach leam,
Ma theannas mi ruit sa choir,
Bheir mi n cor nach d fhuair thu dhut,
Glac a mi suist ann am dhorn,
Sair urlar conard buaila mi,
O aird an spar nuas gu lar,
S cha n fhag mi grainn air sguaib agud.

Nan toga thu ort chroit sin,
Choisna tu do dhuais orm,
Cha chluinnt ga brath mi gosnich,
Snochdins mo shuaircas dut,
Chuirinn an tim ann sa bhrochan,
S bheirinn deoch an uachdar dhut,
S chaidlemid gu samhach socrach,
S cha bhi sproc na gruaman oirn.

Es.
Shaoil leam bhean gun robh tha banda,
S nach biodh sannt gu tuasaid ort,
Gad dh fha sinn s cho fann,
S nach tionndain air mo chluasaig dhut,
Thoir leam fhein nach eil thu an call,
S do chlann chuir ri d ghualinn dut,
S ma dh fhas thu gunaidach ud cheann,
Gur bean tha an geall air buaira thu.

Aga ms bha an cean fath,
Nuair chithinn cach ri cluanas ruit,
On chaidh chuis o fhal a dha,
Cha neil sta bhi ad buachailachd,
Gad a s mis a ghlac do lamh,
Bha te na dha nach b fhuacha leat,

[TD 154]

S ma chost thu riu do leann tath,
Tha mis a d ailt air fuaracha.

Dh aithnech thu sin ort fhein,
A bheudag s dh fhas thu suarach orm,
Chaill thu nis dhiom d speis,
Cha neil do reit a buan agam,
On a chaidh mi nis o fheum,
Se n t eud rinn do bhualsa,
Gur moch sa mhadain chuir thu n ceil domh,
Nach rohh m eiridh suas agam.

Fhir gun sta gun rath gun dire,
Na bi g innsidh tuailas orm,
Na m bi tus dhomhsa dileas,
Cha bhi m inntin bruaidlainach,
Ach so ba mhiann leat a bhi bridal,
Ris gach ribhinn chuailainach,
S iomad ruibain agus cir,
S deis chinn a fhuair iad uat.

Cait an d fhuair thu riamh mi n scath,
Na m fac thu mi gan tuairigin,
Cha robh mi am mheirlach cho math,
S nach glac a tu mi uairgin,
Ma fhuair thu toisgeul air mo bhrath,
Se s asadh dhut chuir suas orm,
Sna cairich air a mhuine do chas,
Ach leig mach mar chual thu e.

Ma chuiras tu mi gum dhulan,
Bithith chuis nas cruaidh ort,
Gheibh am ministiar an tulu,

[TD 155]

S theid an luireach dhuaichnidh ort,
Luinnseach mhaslach air a dublaig,
Leis gach dun a tuairsgach,
S gad do bhithimis air a chul thaoth,
Air son crun cha n fhuasgaolin i.

Gus an cuir iad mi san uir,
Cha n fhaic do shuil ma m ghuaillain i,
Ma theid an naidheachd os cionn buird,
Cha chliu dhut bhi ga luaidh ruim e,
Gad do lasadh t fhearg le dium,
Cha grad ri fudar buairasach,
Cha chomhadaichar gu brath a chuis,
Nach d ionnsich mi le uaireachas.

Cha mhor nach coma leam co dhiu,
Cha neil do thurn ach suarach leam,
Nuair a b fhearr bhi do shugra,
Chunntainsa na h uaairnan,
Chaidle tu trom gun dusg,
Air mo chul gu smuairaineach,
Gad do bhiodh mo thigh ga rusga,
Cha bhiodh curam gluast ort.

Comhairle a bheirinnsa gu h eolach,
Air gill og tha fuasgaoilta,
E bhi glic ri am a phos,
S luidh seolt a suas ri,
Gun droch cleachd thoirt ga dheoin,
Do ghorag nach bi stuaim aic,
Gun fhios nach laga air threoir,
S gun ordicha i n uaigh thoirt da.

[TD 156]

Am fear nach dean a threabh tra
Sa mhart gad robh e fuar aig,
S culidh mhagidh e measg chaich,
S ri lath blath cha bhuain e dias
Bith chuid fearainn s muigh fas,
Na stiallan ban is luachar air,
S es a broinain a dol bas,
S saibhlean lan aig tuathanich.

Cha n fhaod do threabhs bhi mall,

San call ri dheanamh suas againn,
Gheibh sinn aigeich as a ghleann,
Theid cuing gu teann ma n guaillan or[?]
A duneudan gheibh sinn crann,
Se am fasan gallt a s uailse, leinn,
Coltar staillin soc a s bann,
S gach ball bhios ann bi cruaidh orr

Bith cho math s do gheall dhomhs,
S coirda sinn nor dualchas,
On tha sinn cho fad comhla,
S am pos a bhi mar chruai shnaim oirn
S mor gum b fhearr leam n t olc eolach,
Na fogarach luasganach,
Cuiridh sinn nor treis ordugh,
S mar is coir dhuinn gluaisadh sinn

Thairt an sean fhear s cha be bhriag,
Gad eireadh sion nan cuartagan,
Nach robh soirbheas laidair dian,
Gun fhiagh gaoirid uaith sin,
An cog s mo bhann riamh,
Chaidh crioch le rian oir uairigan,

[TD 157]

Cuir thus a bhean ri d theanga srian,
Bith sith ga dianamh suas againn.

Oran comhairle nan Gruagichan Le Ailean Dughallach.

A ghruagichan sa fhleasgichan,
Nach cuir sibh cheist ribh fein,
Nach fhearr dhuibh fuireach teistail e,
Na bhi cuir ri cleas gun fheum,
Bheir iod dh ionnsuidh an t sheisain sibh,
Gu freagra thoirt na chleir,
S bith ulu agus seasamh ann,
Gach dleasnas na dheigh.

Ma dh fhasas bronag leth tromach,
Air chinnt s deas dhi beum,
Ma n chuis a rinn i an diomhoirachd,
Ga innseadh ann an sgeul,
Bith mulad agus cianol oire,
Ma ni nach dian di feum,
A g iomadan san diaradich,
Man ghniomh a rinn i fein.

Ma thig iad anns a noiche,
Bith sign ac ri fein,
Ma gheall i anns a n lath dhoibh,
An rathad a bhi re,
Teannidh iad ri beadra,
S bi seirc ga chuir an geill,
O bios iad bialach caoinail,
San fhoill ac a nan sge.

[TD 158]

Ma lubas tu gu fialidh dha,
Sann dhut gu n dion e feum,
Ma chreideas tu na briathran aig,
S tu chiad bhean thair gach te,
Ma bheir thu dha a riaracha,
Gun fhianais ach sibh fein,
O seall nach cuir e sianas ort,
Nuair gheibh e mhiann diot re.

Comhairle oirbh a mhaidnean,
Gad fhaigh sibh caomh an cainnt,
Nach fhearr dhuibh fuireach saor s iad,
S fanachd daonan seang,
Ma thuitas sibh le faondalachd,
A ni le staoram clann,
An sin aithrisar le caoinadh e,
Ma bhios an t aobhar ann.

Nar thig an leannan mi-chuiseach,
Gu bridalach na chainnt,
Gu pogach seolt a dichollach,
S lamh gun sgios fo ceann,
Bios e an sin a g innseadh,
Gun i da n d thug e gheall,
S cha chreid i gus an dibir e i,
Nach firinn a bhios ann.

A mhaidinn tha thu aimeidach,
A d bharail cha neil brigh,
Ma tha thu an duile nach dealich sibh,
S gu n lean e thu gu d chrich,
Nach fhearr dhut bhi air t earalas,
Sa n ealleach chumail diot,

[TD 159]

Na bhi a mein a bhalich,
Agus leanabh air a chich,

A mhaidinnan ga baral sibh,
S ar leannuin air ar ti,
An duile nach d thoir an car asidh,
S nach meallar sibh gun stri,
Nar thacharas luchd no foill sibh,
Sa choirichas iad ruibh,
An sin theid an cuailean fhalach,
Agus caillidh sibh ar pris.

Tha an sean fhacal ma dh eisda sibh,
Ri leubh tha e fior,
G innseadh dhuinn gu toinsgail,
Toirt cuimeas do gach ni,
Gur ionnan do na gloineachan,
S do n mhaidain loinnail ghrinn,
Sa fhleasgeich na dean coire dhi,
Ma se gur toile leat i.

Comhairle dhut oganaich,
Bi seolta sna gabh spid,

Ma se gu m bheil i corda ruit,
S thu oire an toir gu cinnt,
S onaraich a posa,ma dh ordaicha dhut i,
Na bhi goide a poige,
O s dona tha an seol cuir ribh.

Comhairl oirbhs a chaileagan,
S fanaibh as an lion,
Cuimhnichidh air banalas,
Cha bhi sud aithreach dhuibh,

[TD 160]

Am fear tha dan bhi teanna ribh,
Cha mheareachdich e sibh,
S fearr an cliu an leanas ribh,
Na earras agus ni.

Thoir leam gu bochd on talant,
Do ghruagich fas gu tinn,
Le gaol a thairt do n sgailadair,
Na fear a dh aicha i,
Na gheall bith e failigach,
Cha d thig e an tra nan tim,
S cha treubhantas mhor na abhachde,
I dhol o sta ri linn.

Bithith ise caoidh sa turman,
Leann duth ga cumail shios,
S i g eisdeachd ris na chluinnas i,
S gach duine a toirt a binn,
Esan cuir an duileachd,
Anus an urr th ann sa phill,
A g iarridh saora ioma fear,
Ga mionnach a sa chill.

An gair a rinn i sulasach,
Gad bha e nuiri binn,
Thionnda e gu mulad,
Agus guilidh si gu dian,
Nuair nach fhaigh urainn da,
Na duine chuir fo chis,
Chi i an sin an cunnartan,
S gur iomalach a diol.

[TD 161]

Falbhas i sa gocan air,
Theid a fartan sios,
Gheibh i fios na bachdain,
S bi gart oire a dhi bidh,
Be sud an ruar a dosginach,
A chuir bho coisne i,
S i caoidh an fhir a dhochinn i,
Sa cridhe goirt ga dhi.

Ach tha suirichan cho curaidach,
S nach urainar an geard,
Gu mire ris na cruinneagan,
Mar shionnach theid na ghleann,

Cho dicholach sa s uran da,
Gu fuile thoirt air meann,
S cha seall e gus am beirir e.
Co air a bhios an call.

Their fleasgichan cha gheil sinn dut,
Am beum sin a thoirt duinn,
Ach chi gach neach leubhas e,
Gur breugan thuirt thu ruinna,
A d labhairt tha thu eucarach,
Ma theid thu air ar binna,
Aillain mar bith ceili agad,
Gheilad h tu leinn fhein,

Nach tog sibh dhiomsa patron,
S e an nadure ans gach tir,
Taghibh ceile gnathichte,
Le gradh mar th agam fhein,
Fhadidh sibh dhol dan orr,
Gu manranach le sith,

[TD 162]

S gad robh fichead paist agaibh,
Cha n abair cach smid ribh.

Do d chomhairlean cha gheil sinn,
Cha n eil iad eibhinn leinn,
Cha nurra sinn a leirsinn,
Gum bheil feum annd no bri,
Gach fear tha chuis g eiridh leis,
S fhuair gach te s fhiach,
Cha n fhidrig iad na feumich,
Nuair tha iad fein gun di.

Ma se sin do bharailsa,
Tha thu mearachdeach ad chainnt,
Tha iasg sa mhuir ma dh iarrar e,
Nach d thain riamh gu traigh,
Theirig far am faith thu e,
Thair taruing air a lion,
Se s docha gu n tuit gealag ort,
Gun ghoid gun ghalar cinn.

Nach sguir thu ad bhreug an peilisgach,
Nan teirig dhut do chainnt,
Sir innseadh dhuinn ar deirasan,
Le beilam anns gach am,
An ni chluinnas tu cha cheil thu e,
S droch eilain h air a cheann,
S aithne dhuit o t oig a,
H uile gorich a ni clann.

On a sean mhaor eolach mi,
Se seol a bheirinn dhuibh,
Comhairl a na corach,

[TD 163]

S do n phos gabhidh suim,

Le bannais chridhe abhacach,
Nar cairdan a chuir cruinn,
Bith s port s aobhar ghair ann,
S theid gradhag air a druim.

Oran Sugradh.

Dheanain gair re fear bheiradh gaol leis an t shochair.
An te nach truas ris gad fhaic i e am pein,
Gu n cuirinn fhein suarach an togra gun toinisg,
Nar dhibiradh i gaol s gun fhuath bhi gu reir,
Ma bheir i dhomh gaol bheir mi gaol dhi na eirig,
Ma bheir i dhomh fuath bheir fuath dhi a reir sin,
Ni mi sodan ri m chairde is gruaman ri m naimhde
S co-ionnan leam diult s gad bheir thu dhomh speis.

Tha mo leannan ro neonach neo stoild na h aigne,
Cho luath ris a ghaoith bheir i fuath dhomh s speis,
Gur s leamhna an conidh an greim faoin tha dhi agam,
Mar ni thig le gaoith s fhalbhas le sein,
Gur sleamhna an conidh an greim faoin tha dhi agam,
Mar ni thig le gaoith s a dh fhalbhas le sein,
Tha m inntin cho beachdail dh ann seol is ga n cleuchd thu,
S co-innon leam duilt s gad bheir i dhomh speis,

Tha i carach mar fhortan tha i bristeach mar aimsir,
An diugh tha i sundach sa cridhe air dheagh gleus,

[TD 164]

A maireach cho bronach cho tursach cho sprocail,
S gun aichadh i focal labhair a beul,
Bheir mi gaol di an dugh bheir fuath dhi am maireach,
Ni mi gair ri bron ni mi maga air pein,
Tha m inntin cho beachdail dh ann seol s ga n cleachd thu,
S co ionnan leam duilt s gad bheir thu dhomh speis.

Gu de ma tha t fhartan an dan dh fhear, eile
S gu cairich iad uile a choire ann mo sge,
Ma s fhortan domh fein thu cha laogh do dh fhear eil thu,
Cha chor bhi duthach na subhach ad dheigh,
An dean mi g air fo sprac an dean eibhnas fo Straichd,
Am bi mi cridhail s mi angar ach am bi mi duimach s mi ait,
Cha bhris mi no chridhe gad falbh thu gun tighinn,
S cho-ionn an duilt s gad bheir thu dhomh speis,

Bha m iuntin an conidh gad luaidh dhomh mar leannan,
On thachair dhomh an tus a bhi ad choluadar min,
Do littirchan gaol s mo chridh bhi dhut tair ais,
Nar chluinnin ort aithris s tu fad as an tir,
Chaidh mi gad iarridh n aighaidh mo nadar,
Ciod chinnteach air gaol mar dh iarra tu fein,
On tha thu cho dona s thu ad Chreatair gun toinsg,
S co-connan leam duilt s gad bheir thu dhomh speis,

A s mis bha gorach bhi daonnan am barail,
Nach robh agads leannan air thalamh ach mi

[TD 165]

Ach nis rinn mi aithneach gun robh mi sa mheareachd.
Snach robh thu dhomh tairais Ach mealla mo chridh,
Na m bi tu cho dileas s gabh mis ann am bheachd,
Cha dean tu innseadh na labhrins a ruit,
S gad eireadh an saoghal a choga ann am aodain,
Cha deanan do threigsinn s cha gheilin ach dhut.

Ach tuile cha tilla mi cha dean mi ort iomra,
Cha n fhiu leam do sheanachas cha ghean leam do ghloir,
Gad ni thu rium gearain s gad robh thu gam leanail,
Cha n eisd mi ri focal cha n aidich mi dhut,
Chuir thu mi suarach nuair bha mi gad iarridh,
Cha d rinn thu orm fuasgal nuair bha mi m theinn
Ach nis gheibh thu fuarach chionn bhi cho uaireach
S gad ghuil thu gu cruaidh ruim cha truath leom do chaoidh.

Nis ghabhaidh eolas a nianagan og,
S na bithidh cho gorach ri bronag nan deur,
Ba ise n dochas nach treighte ri beo i,
S gum fanadh a boichead an conidh gun smal,
Ach luidh oire a ghrian ma na mhiannich i pilla,
Thainig n oiche oire Am boillsgan a mire,
Tha nis cho deurach s nach faietc air feill i,
On s te i gun cheili na neach ni ri cainnt.

[TD 166]

Oran n sgiobair.

Air fonn bha laingeas aimnal ann ri uair.

B fhear fairge mi fad mo la s mo re,
S ann don chuan thug mi n toiseach speis,
B fhear mheall oighean mi gu dian,
Gus an d aom mi dha dhiu s be sud mo mhiann.

Geall bheirinn doibh s gach am,
Am boidein fior s an briathran teann,
Gach te fe leth dhiu gu m posain i,
S ghabh mi h aon diu dhomh mar mhnaoi,

Dh fhag mi an te eile ri caoi s ri bron,
Ag eigheach chealgair ge rinn thu orm,
Carson a bhuin thu le t eucair ruim,
Dh fhag mi tursach smo chridhe trom,

Ghluais i do chaill breac nan geug,
Chuir sgail air a masla fein,
Chuir crioch air gach ni do rinn,
Air a laithan suoghalt a thug i ceann.

Rinn i crocha suas ri craoibh,
Fhuair luchd seilg o bha sa choill,
Ba feoil ga reub aig eannlath an speur,
Lot cridh nan oigairan ag gu leir,

Chaidh fear dhiu suas chum a gearra sios,
Thuair e ann a broilleach scriobhte,
Air chuir sios ann a m briathara seolt,

Na deanaibh m andhlag se m iarrtas oirbh.

[TD 167]

Ach air an talamh fagidh mi,
Gach oigh theid seachad is a chi,
Chum s gu n gabh iad gliocas diom,
S gu n gleidh iad ciall mas an caill iad tim.

Ma bha e falsail bheir mis dha,
Air thalamh bhos cha n fhaigh e tamh,
Ceart mar thuirt gun lean i e,
Dh ionnsuidh fairg dhiomairt ramh.

Bha e shuas lath am bar a chroinn,
Chunnic e bata a cumhan caol,
Sgolt fairg le siubhal reidh,
A stuir an taobh anns a robh e fein,

Chaidh e sios gu clar iochdar luing,
Dh innseadh na chaiptain gach ni rinn,
O chaiptain ghaoil gabh mo leisgal seolt,
Tha an spiorad aic tighinn air mo thoir.

Chaidh an caiptain suas gu uachdor luing,
Dh fhaicinn iongantas nan uile shluagh,
Chaiptain chaiptain na tig m choir,
Ach dh ionnsidh n fhir ud dean mo sheol,

An cill-ribhinn tha am fear sin marbh,
An cill-ribhinn tha chorp a thamh,
Eisd chaiptain le t fhaoinais rium,
S iosal tha e an grund do long.

Ma sheasas tu ann a leisgeul suas,
Toga mi doirchadas air a chuan,
Chuireas eagal air t uile shluagh,

[TD 168]

Bheir orr cadal an grund a chuain,

Chaidh i sios gu clar iochdar luing,
Stigh an t omar an robh e thomh,
Bheachdich i air an sin gu geur,
Gus na leum gach cuisle bha na chre.

Ba mhis an oigh theistail ghrinn,
Gus na mhealla leats mi,
Feuch ameall thu mi tuille an tras,
S daingan tha thu agam an sas.

Rug i air an sin gu geur,
Thug i an bhata e sa n robh i fein,
Chaidh am bata na lasair n grund chuain,
Ghlac mor iongantas na huile shluagh,

Gach neach a chual sgeul man bhas,
Ge be ait ann sa bheil e thamh,
Bithidh dileas nar n uile mhnaoi,

Na meallidh oighean tuile choidhe.

Oran le Mairiread Ghrigarach do chalum Stiuard am Blar da n co ainm Calum Athalach.

Air—fonn a righ gur mor mo chuis mhulad.

Ach a Chalum oig Stiuard,
Tha mi toileach do cliu chuir an geill,
Ma tha neach anns a n duthich,
Nach d thug naire do d thur s do d cheill,

[TD 169]

Na m burain mi n oran,
Tha mi toileach air co-ra ma d dheibhinn,
Bho na ghabh mi ort eolas,
S ro mhath thaitiun do sheolsa ruim fein.

Fleasgach cinnadail uasal,
Se gu misneachail crnadalach treun,
Cuimair cumadail dealbhach,
Measg cuideachd sneo-chearbach do bheus
N am suidh s tigh osda,
Gad bhi misg air a choisri gu leir,
Stu phaidh na stoip ann,
S cha b fhiu leat bhi connsach man deibhin,

S beag n t iongna thu a chalum,
A bhi uasal do bharal s do chainnt,
Ba tu odha an da sheanar,
Ga ba duchas am fearann nach gann,
Se dh fhag thus a as aonais,
Iad dh eiridh an aobhar a Phrionnsa,
Tha thu fein toirt n aire,
Nach eil speis do dh fhear falamh gun cheaird.

S ioma tighearna tha n Athal,
Thaobh do mathar a gabha do phairt,
Agus fiughairan bearteach,
As an duthich a thachair bhi thamh,
Do chlann Donnchi nam bratach,
Luchd a bhual nan speach anns a bhlar,
S bith tigh uasal cheann Drochait,
A g eiridh suas leat air thoisaach roi chach,

An duine og th ann n drast,

[TD 170]

Thug e bar air gach aon duine bhann,
Aig ro ghrinnead a nadair,
S mor a mheas a measg ghael is gall,
Sar uachdran baighail,
Nach dean tuath chearn sgalt le mal
Cha d thig cruadal gu brath oirbh,
S e r a gualain cho laidair re camp.

Nar a thainig thu an toiseach,

S thu n deighs astar ro mhor,
A cheud lath chunnacas do phaca,
B fhiach e tri chiad pund susanach s cor,
Chuir thu moran na bankaibh,
Chum do thealeach nuair thachara dhut pos,
S tu cho bearteach ri baran,
A reic sa ceannach an t shroil.

S beag an t iongna a chuis ud,
Aig ro mhiad an tur tha d cheann,
Cha n ann a bual a na suist,
Rinn thu suas na tha chuine air a laimh,
Ach a reic a do pheurlin,
S do leasachan fine s gach am,
Tha do dhrobhair eachd cinnteach,
S cha be bhi reic a ni measg no n gall.

Ba tu seisa do mhathar,
S tu nach leag o n fhailig na coir,
Nar thig dullachd na h aimsir,
Gheibh i dubailt uat airgi duam brog,
Bith t anart s do chamarig.
Ga cumail cho dealbhach s ba choir,
S do neapigan meanabhreac,

[TD 171]

Gu ribhach gan tairgse fo scoit.

S fhad s fhags chaidh t eolas,
Stric thaothail thu coisri braigh mhar,
A s chuir thu buannach ad phocaid,
An deighs luach an cuido ire thoirt doibh.
Cha bann le bresig na le bost,
Rinn thu suas na tha stor air a laimh,
Ach t fhortan bhi mor,
On cheud lath theann trochd air a lan.

Tha thu duinail mar charid,
S ioma doith ann sa n d aithnichd uailse,
Nuair tha maistairan fearainn,
Caithidh foirneart air clanna na tuath,
Cha robh fardach no baile,
Ann s nach baill leo fear thoirt uath,
Ghleth thu siocha dom charid,
S mor do mhiagh ann a n rannach so shuas.

Od ha dh fhear ionnar slanigh,
Ma m bheil mi caint ann sa nuair,
Daoine scairtail tha dana,
Bha lan misnich s ardain is uailse,
Nam biodh nar cuideach laimh ribh,
Nuair chuir iad am blar staobh luath,
Gu n crunnte prionnsa tearleach,
Ma n deach e gu brath thair a chuan,

[TD 172]

Oran eadar oigear agus oigh a freagairt cheil.

Es.
Lath dhomhs s mi falbh neo shundah,
Sa ghleannan udlaidh sa m biodh an ceo,
Gu n d thain am chomh ail an ribhin chul donn,
S gu m b aotrom sundach i tighinn m choir.

Failt le cairdeas dhut fhior bhean uasal,
S grinn a ghluais as nach dochin brog,
Gad bhiodh mo chridhe trom fo smuarain
S tu thoga suas e le misnich mhor.

S ait a cho-ail leam gun tharla,
Sinn a n drast ann sa ghleannan ur,
So mo lamh agus creid an drast mi,
Am feasd cha nail leam bean eil ach thu.

S ait a cho-ail leam ann sa nuair so,
Sa ghleannan uai gneach gun neach nar coir,
Tionnda nall ruim s na bi cho uasal,
S thoir le suaircas domh do phog,

Tog dheth d bhoilich do d bhriathara faoine,
Cha n e do ghaol tha gam chuir fo leon,
Cha be ga d iaridh chuir mis an taobh so,
S beag a shaoil leam thu bhi san rod.

Labhair ise ann am braithra ciun ruim,
A fhleasgich uir tha mi searbh do d ghloir,
Cha neil do bhriatharan toiltan cliu dhomh,
S cha deanain umhlachd dh fhear a sgeoil,

Cuim nach labhair thu gu sibhailt,
Ainnir fhinalt s do ghruaidh mor rose,

[TD 173]

S beag mo thlachd thu bhi agam diolain,
Ach be an toil inntin t fhaotan poist.

Mar mhnaoi phoist am feasd na iar mi,
Choidh cha n fhiach leam thu thighinn anns choir
So mo lamh agus creid gur fior e,
Nach fhaic thu diolain leat mi ri d bheo.

Choidh cha taobh mis a bean do nadair,
Dheana failig air fleasgach ur,
Ma thug thu fuath ann a n eirig graidh dhomh,
S ro fhad a tha mi gun fhios man chuis.

Sioma te bha dhomhs an cairdeas,
Bha nas aird na thus an cliu,
Ach beanneachd leat nis ma rinn thu m fuagail,
S na dean gu brath leis na tair lub,

Na bi saoilsinn gu d rinn mi tair ort,
Le sealtin ard ann am beachd mo shul,
Ach gus an dean thu gu buileach m aicha,
Am feasd cha nail leam fear eil ach thu.

Thug mi gaol dhut nach d fhaod mi aireamh,

Gun fhios aig cach air a bheag man chuis,
So mo lamh dhut nach deanan tair ort,
Ach mar ba ghna leam gu cairdail cinn.

Na gabh bonn angair na ma-thlachd uair as,
Gad bha mi uaireach le tus mo sgeoil,
Se breugan chaich chuir a ghraidh mi am fuar ort,
Sa bha gam fhuadach air ioma doigh.

[TD 174]

Oran Gaoil le D. G do Sheoinainaid Stiuard an grennich an taobh loch teithill.

Air—fonn Chualas sgeul as napuinn as ur.

An deigh dhomh eiridh sa mhadain,
Gur neo-shundeach mo chadal on de,
Gu m bheil smuairain air m aigne,
S cha ghluais mi an gradachd leam fhein,
Gar an dean mi chach innseadh,
S fhad thu e m inntin fo gheill,
So bhi cumha na ribhinn,
Dha n d thug mi tri filta mo speis.

S beag an t iongna mo speis dut,
S tu n ainnir a s ceutaicha s nuadh,
Slis mar chanach an t shleibh,
Mar ubhal air geig a do ghruaidh,
Bean do mhaisa cha leir dhomh,
Lath clachain na feill measg an t shluaigh,
Tha do bhoichead s do bheusan,
Thair nas eol nan a s leir dhomh luaidh,

Tha do bhuaidh an do-aireamh,
Cha dean mi ach pairt chuir an ceill,
Gad do theannain ri n inseadh,
Sann chuira e m inntin o cheill,
Gruis shoillair mar a sgathan,
Sann ad adhaidh tha n ailteachd thair cheud,
Beul a suairc a ni manran,
Nach can fuar fhacal grainail na beum.

Tha t fhalt cama lubach dulach,
Cannach cleachdeoch ma d ghuailain a fas,

[TD 175]

Dreach n fhihich ma cuairt air,
S e ruidheachd gu d chruachain a bhar,
Da shuil mheallich ghorm mhiagaich,
Fo d mhal chaol dhionich gun sga,
Gruaidh s deirg na n caorn,
S lis mar eala na aoilin na traigh,

Cichan liontach s iad corach,
Air a mhin broillach solais gun bheud,
Corp seang s math guelan,
Nach d aontich riamh lub le mi-bheus,
Tha do chalp cruinn dealbhach,

Cha d thig aon fhacal cearbach ad bheul,
Troidh chuimir s i conard,
Nach mille fo brogan am feur.

Tha do shlis mar n eala,
Mar a shneachd og air bhara nam breann,
Na mar aoilin na mara,
Fo t aodach mar chanach sa ghleann,
Tha do mhais e a measg cheudan,
Mar a ghealach sna s peuran dearsa,
Tha do shnuadh mar a bheunas,
Ann sa n athar cuir reultan fo phramh,

Cridhe connar lan gliocais,
Sann a d chom a tha an tuig se do-luaidh,
Cha ba bheus le mo chailaig: bhi
A leudach air sgainnal an t shluaigh,
Sann ad chreubhag am falach,
Tha an t sheud rinn mo tharing gu uaigh,
Beart a reub dhiom mo shonas.
S thug mo gheir gu neo ni a nuas.

[TD 176]

Tha thu chinneach righ seumas,
Dha ba dlighach dhuinn geill s gach am,
Gad do bhuadhich an eucair,
S gur e teicha a b fheudar dha n fhraings,
Cha b fhad a diol uaith na eirig,
Na m be co-throm na feinne bhiodhann.
Sud am finedh dh fhas treubhach,
Stric a chuir an ra-treud air an naimh.

Se do ghaol rinn mo leire,
S rinn mo chridhe a cheus ann m fheoil,
Gum bheil m inntin ga reuba,
Stric nith am leir sinn gu m bhroig,
Bhriste an rioghailt bha ri m aigne,
Dhalbh mo chial n thain laga air m threoir,
Tha mo chom fo throm eis-slainnt,
Se do ghaol chuir an t eug air mo lorg.

S i mo gradhs a bhean shuairc,
Tha gu sibhailt stuam agus ciun,
Cha neil mi chliu ri luaidh ort,
Man tog iad ort tuaileas a d chul,
Bean is conaird na nadar,
Cha d ruga shiol adhamh o thus,
Beul a sibhailt a labhras,
Cha tog i le caim di mi ruin,

Bean s banail a chaoinail,
Cridhe soillair gun fhoill s e blath,
S mor gu m bannsa na oighreachd,
Bhi sinnte aon oiche air a sga,
Gad ba leamsa Hanovar,
S gad fhoighan o Dhearsa air lan sealbh,

[TD 177]

S mor gu m banns bhi gad phoga,
Nan tha dh fhearann sa storas n alb.

Se do ghaol rinn mo chiurr,
Dhag mo chridhes bruit ann a m chre,
Thog e mulad dhomh dubailt,
Le snith mo shuilean cha leir,
Tha mo shac duilich giullan,
Gach lath as ur dol ameud,
Ach s gearr ri fhaicinn gu uine,
Ann sa n sgaoilear mi chuing leis an eug.

Mas s e gu n gluais thu le oigair,
S nach fhaigh mi choidh coir ort dhomh fein,
Ni mi fathasd dhut oran,
Mas an glaisar mi an seomar an eig,
Nar thig crioch air mo cheol dhut,
S nach cluinn mi an co-ra ad bheul,
Ach guidheam sonas is solas,
Fhads sa mairean thu beo fo n ghrein.

Ach fhad sa dh fhanas tu t oigh,
Sa bhios tu gun phos a mar tha,
Bith mi daonan an dochas,
Gum bi fhein cho math coir ort ri each,
Ach na n cluinnin do chorda,
Ann sa chlachain ga ordugh gu n dail,
Bhithin cinnteach a dorainn,
Gum ba teachdreachd e dhamhs thun bhais.

Ma se cairdean mi dhileas,
Luchd gannlas s mi ruin s bhreug,
Rinn do ghradh chuir am fuar orm,

[TD 178]

Gu d thug thu dhomh fuath airson speis,
A ghaoil na eisd ri luchd tuailas,
Le an cridheachan fuar toirt beum,
S ni thoiliche a mianna,
Nar cumail gu siorruidh a cheil.

Nis on s fheudar bhi dealach,
Innis dhomhs gu h ealamh do ruin,
Ma tha tlas ruim air taire,
Na dian orm a chealach ni smo,
Ach mo s fhearr leat san uaigh mi,
Na gu n luba tu nuas leam s a chuis,
S gearr an uin gus am faic thu,
Mo chreubhag an tasgidh san uir.

Oran le D.—— G—— da uileam mein ann a maoilin tha an drast on dunedan
Fonn.

Tha mo chiabhan air glasa tha iad lia o ceann fhad

Bho na smaoinich mi iomra,
Cha bhi chuis orm na h iomagain,
Tha mo dhurachd ga leanmhain,

Air a chliu gu bhi seanachas,
Oig uir nan steud meanmnach,
Ga ba duchas s tha ainmail s gach aite.

Uilliam Mein tha mi co-ra,
Oigear tionn sgalach seolt,
Fhuair thu ionnseach is folam,
Raogha gliocais a s eolais,
Lan misneach a s mor-chuis

[TD 179]

Cha ba tais thu sa cho-raig,
Nuair thogte do shron leis an ardan,

Cha ba shugra dh fhear fuadain,
Tighinn an d chul ort gad bhuala,
Cha bhiodh a chuis ud ri smuaineah,
S gearr n uine bhiodh a dhuais uaith
S mairg a dhuriga san uair sin,
Seasamh dh urach ruit tuasaid,
Tha do dhuirn mar a chruaidh thig on cheardich,

Oigear cuimir deas dealbheach,
Gun chron cuma ort ri sheanachas,
Ba mhor do mheas ann an alba,
Gach ait an seasamh na m falbh thu,
Beul ba deas labharich seanachas,
Cait am facas riamh cearb ort,
Tha do theistnas dearbhte measg nan gael.

S beag an t iongna do spiorad,
S thu bhi dubailt n fhine,
Nach gabh curam na giorag,
Cha ba duchas dhoibh pilleadh,
Nam bhi rusg na biorann,
Bhiodh luchd mi ruin air a mill,
Air ar culthaobh gun iomairt s a n arich,

Nam dhut tachairt stigh osd,
Cha ba tachair ma n bhord thu,
Bhiodh do bhotal air sgornan,
An deighs a dhiol as do storas,
Ba neo chrian ma do phochd thu,
Ba neo-bhiastail a d dhoigh thu,

[TD 180]

Ba cheann riaghailt thu measg coisri stigh thairna,

Cha be aogas a bhalaich,
Chite an aodain a ghallain,
Aghaidh aoidhail gun smalan,
S lionar maidain dh fhas banail,
Ga m bheil staoile agus fearann,
Rinn do chaoineas a mhealladh,
Dh fhag thu caoi gun bhi ceangailte am bann ruit.

Nam bhi siubhal na n sliabh-charn,
Bhiodh do chuilean air ial leat,

Bhiodh do ghunna fo dhion leat,
Be ard namhad nam fiadh thu,
Choileich dhuidh is na lia-chirc,
Sna h earbaig bhig riach ann am fas-choill.

Ba tu marbhaich an eisg,
Leis a mhordha bhiodh deur,
Oiche dhorach ris an leus,
Agus sealgair an fheidh,
Ann a garalach sa bheinn,
Ba tu dhearga na bein,
Cait am bheil e fo n ghrein na thug bar ort.

Smath thig deise dheth an tartan,
Ma do leis air a phasg,
Cota feil agus breacan,
Osan gearr agus gartan,
Ma do chalp dlu toicail,
Bonaid du-ghorm sa n fhasan,
Claidh cuil bhiodh geur scaiteach dheth n stailinn.

[TD 181]

Ge be gh fheargaicha do nadar,
S thu fo t airm air a charamh,
Cha bhiodh tearmain o n bhas da,
B aobhar truais e ga namhad,
Chite air suaicheantas madair,
Sann san uaigh bhite ga charamh,
Sud an duais bha an dan da o d laimhse.

Ach ge be thigadh a d fhabhar,
Bha thu iorsal baighail,
Bha thu cinnadail cairdail,
Bha thu uasal gu pairteach,
Bha thu suairc ann ad nadar,
Miad do bhuaidhean cha tar mis chainut orr.

Ach mam faithin mo dheoin dhut,
Bhiodh tu maireach ad choirnail,
Cota scarlaid bho Dheorsa ort
Claidh ceanna bheart chinn oire ort,
S tu le t armailt a seola,
Thair n fhairg do hanobhar,
B aobhar eagail thu is broin do na frangich.

Ach o nach ardich mo chainnt sa,
Mar a bail leam thu ad cheannard,
Cha neil sta dhomh san am so,
Tuille charamh sa n rann dhut,
Guidheam solas is slainnta,
Bhith gad chomhlach s gach cearn,
S righ na gloir bhi ga d thearn as gach gabha.

[TD 182]

Oran le D—— G—— do Foghan Mac a Phearsain Tigherna a chluaini ceanna Cinnidh cloinn a Phearsain am Baidaineach.

Air fonn iorram na truagh,

Eoghain oig Thighcarna chluaini,
Sann ort tha mo smuointain an drast,
Shar cheann uidhe nan uailsean,
Dha m buine thaobh thaobh dualchas bhi ard,
Miad do misneach s do chruaidail,
Do ghliocas s do shuaircas gach tra,
Cha nura mi luaidh ort,
Gad do bhithinn ga smuaineach gu brath.

Chual mis deagh chliu ort,
Ma s m facas le m shiulean thn riamh,
Cha bann as caoin uo dubailt,
Tha m cridhe tha duinte ann a d cliabh,
Fialidh failteachail iular,
Cairdail cinuadail cliuteach lan cial,
Sar uachdran na duthacha,
Tha cumail gach cuis n deagh riaghailt,

Nar thiginn do chaistail,
Be sud an talla fial fasuing gun ghruaim,
Bhiodh rum is brandi ga losg ann,
Fion na fraing gun chost dol mo cuairt,
Piob is fiothuill is clarsach,
Feadain loma a b aird bheireadh fuaim,
Thoga fonn air na cnamhan,
Bhiodh na n luidh seachd raithin san uaigh,

[TD 183]

Dhut ba dual sin o t aithim,
Dol sa chruadal gun ghaise a gun fhiamh,
S mairga a bhrosnicha t angar,
Nuair a nochdte ri crann n cat fiadhich,
Nuair a duisga do chorich,
Thu ga n sguirse mar fhalaisg ri sliabh,
Ga n s cath sios mar an rainneach,
Bheir thu dial dhoibh le ain-iochd nan griomh

Leomhan fuileachdach garg thu,
Nar dheire a n fhearg ann a d ghnuis,
Cait am bheil e a n Alba,
Ris an cuire tu n argmaid cul,
Nuair thogte leat bratach,
Srol uain air a bhasa gu dlu,
S lionar pearsanach sgairtail,
Dheire suas leat thagra do chuis.

S math bhuannich thu cleachda,
Do shinnsair a leanntin s gach ball,
S ann air lath ruaig pheart,
Chuir sibh am fuadach fo chasan nan gall,
Am feadan buadhar a ghlac sibh,
Bha seinn buaidh chairm ghaisg os nar ceann,
Cha dean luaidh nis do dhochunn,
S e gu buan air a thasgidh gach am.

Ga ma mairean do n oighre,
Tha riaghal air an oighreachd sa n am,
Gu meal thu t fhearann s do staoile,

A cheannard uramich ghreadhnicha n aigh,
Gar n urrinn mi ainmeach,
Gach buaidh tha ga d leanmhin a naird,

[TD 184]

Ach leubhidh eachdridh na h Alba,
Far am faith sibh lan dearbh air s gach cas.

<eng>O tell mi how for to woo.

Tune.—Bonny Dundee.

O tell me, O tell, my bonnie dear lassie,
Tell me, O tell, how for to woo,
O tell me, O tell me, my bonnie young lassie,
O tell me, sweet lassie, how for to woo,
Say maun I roose your cheeks like the morning?
Lips like the roses, fresh moisten'd wi' dew?
Say maun I roose your een's pawkie scorning,
Oh can ye tell me, how for to woo.

Far have I wander'd to see thee, dear lassie,
Far have I wander'd a-cross the salt sea;
Far have I travell'd o'er moorland and mountain,
Houseless and weary, sleep'd cauld on the lea,
Ne'er have I tried yet to mak love to onie,
For ne'er loo'd I onie, till ance I loo'd you,
Now we're alane in the green wood sae bonnie,
O tell me, dear lassie, how for to woo.

What care I for your wandering, young laddie,
What care I for your crossing the sea;
It was na for naething you left poor young Peggie,
It was for my tocher ye cam to court me.
Say, have ye gowd to busk me aye gaudie?
Ribbons and perlins and breast knots anew?

[TD 185]

A house that is canty wi walth in't my laddie?
Wihtout this, ye never need try for to woo.

I have nae gowd to busk ye aye gaudie,
I canna buy ribbons and perlins enew;
I ha'e naething to brag o' house or o' plenty,
I ha'e little to gie but a heart that is true.
I cam na for tocher—I ne'er heard o' onie,
I never loo'd Peggie nor e'er brak my vow;
I have wander'd, poor fool, for a face fause as bonnie,
I little thought this was the way for to woo.

Hae na ye roos'd my cheeks like the morning,
Hae na ye roos'd, my cherry red mou,
Hae na ye cam o'er sea, moor, and mountain,
What mair, Johnie, need you to woo.
Far have ye wander'd, I ken my dear laddie,
Now that ye've found me, there nae cause to rue,
We health we'll have plenty, I'll ncver gang gaudie,

I ne'er wished for mair than a heart that is true.

She hid her fair face, in her true lover's bosom,
The saft tear o' transport fill'd ilk lover's ee,
The burnie ran sweet by their side as they sabbit,
And sweet sang the mavis, aboon on the tree.
He clasp'd her, he press'd her, and ca'd her his hinny,
And aften he tasted her hinny sweet mou,
And aye 'tween ilk kiss, she sigh'd to her Johnie,
O ladie, O ladie—weel can you woo.<gai>

[TD 186]

Oran le D—— G—— do Lachlan Mc n Toisich tha cumail tigh osd ann an sraid an rois an Duneadan.

Air fonn—Mios Deirannach n fogh r.

Ach a Lachlain Mhic a n toisich,
Sann ort tha mi deoineach seanachas,
Gu do mhola mar ba choir dhomh.
Cha d fhuair mi folum na eaneachain,
Thug mi an t uram do d dhoighs,
Thair gach fear tigh osd tha n Alba,
Cha neal neach air bith dha n eol thu,
Chanas ruim gur s gleo mo sheanachas,

Tha suairc ann a d choslach,
Sibhailt socrach a d nadar,
Iular farast a ciallach,
Aoidhail riaghailtach ann gach ait,
Cha chainnt gu n gheire gu n tuig se,
Thig an bheul nach tuit am failig,
Do chridhe fuaighte ris a cheartas,
Sud a bheart sann d fhuair thu t arach,

S mis dhinsadh cuid do d aibhaist,
Sa n fhirinn cha nail leam a cheiltin,
Tha thu fialidh pailt gu pairteach,
S duine uasal thu s gach ait an seas thu,
Choisne thu beanneachd nan trnaghan,
Stric a chaisg thu am fuachd san acras,
A ghainne cha n fhaicer o d laimhs,
Cha be ghannt aireachd a chleachd thu,

Cha n fhacas riamh gainne storais,

[TD 187]

Air a phocaid a bha fialidh,
Nam dhut tachairt a measg coisri,
Ba bheag do choir air bhi biostail,
Cha be siollag bheag a ghroite,
Chithte air a bhord a d fhianais,
Ach botal mor a studh na taiseachd,
As na corna ga riarach.

S beag an t iongna thu bhi prosail,
S mor chuis bhi ann a d nadar,
S thu dheth n fhine righ ail ordail,

Ga bheil mor-chuis agus aileas,
Nuair thonaila iad comhla,
Co tha beo na bheire tair dhoibh,
Nam an claidhean bhi ga n rusg,
Cha n fhacas riamh an cul le namhad.

Nuar a ghluais a na h armain,
O iochdar traigh gu mullach,
S fhad a chluinnte fuaim an ceannsgal,
Mar thairnaineach an gleann n iolach,
Mar dhealainich sa n oiche air fair,
Chite boilsg na n cluaidhan nar sealla,
Mar fhalaisg ri fraoch a mhart,
Mar thuinn na fairg nach fhara philladh,

Nuair thogte bhratach ri crann,
Chithte cat is greann s calg air,
S mairg a bhagra thighinn teann air,
Nar thogte le angar fearg air,
Buillcach fuileach beumach naimhdail,
Reubach ainartach gu marabha,
Nuair thogte fearg nar ceannard,
B aobhar compair e feadh Alba,

[TD 188]

Sud an t sheann dream a bha righail,
Bha o shin nsir achd sa n toiseachd,
Sheasamh cruadalach dileas,
Nam gach stri agus cor-raig,
Dheana an naimhde choisnach,
Chaisg diarras luchd na do-bheart,
Bheire orra bhi striochte,
Air a bhial—thaobh g iarridh trocair,

S math rinn thu an duchas a leanechd.
Bhaig na seanairan on d fhas thu,
Cha d rinn thu thoirt n iasd na cheannach,
Na tha cheanalachd a d nadar,
Sud na croinn bha laidair deangan,
As an d fhas ameangan aluinn,
Gu n lub gu n fhiar gu ghiamh gu chama,
Direach fallain suas gu bhraigh.

A glac leat mar cheili paist,
An ribhinn og s boicha pearsa,
Bean bheusach gheur bheachdail chonard,
Banail na co-ra s na cleachd,
Stearc ri fhaighin a measg mhoran,
Bean a folum is a tapachd,
S fharast fhaicinn air a gluasad,
Gun bhuaint a i a tealeach reachdail.

Ma bhios Alastair a lathair,
Ri laithean mar tha mi g earbas,
S mac e shea sas nait,
A n athar tha mi n drast a sean nachas,
S mor mo bharail ann sa n am,
Nach eil a leithid ach gann an Albain,

[TD 189]

Chaidh ghliocas is thur thair chainnt domh,
Iuil ionnseach agus eaneachainn,

Gad do labhair mis pairt ruit,
S mor a dh fhag seach na dh inseadh mi,
Tha da thrian sa cor air di-chuimhne,
Nach do chuir mi sios sa n tim so,
Ach o nach eil mi deas am briathara,
Leig mi dhiom bhi ga mhineach,
Gu ma fad mairean beo thu,
Cumail on tighe osd san tir sa.

Oran do na Fineochan gaeleach an deigh do bhounapart bhi—Air a ghlaca.

Lath soilair samhridh,
Air causairan Dhunedan,
Gu m fac mi na bratichan,
A lasa ri s a ghrein ann,
Chual mi na gunnachan,
A s fhuirich mi ga n eisdeachd,
Mac tall anns na creagan,
A freagairt doibh le h eibbneas,

Nar sheall mi air gach taobh dhomh,
Na duth achan fhad sba leir dhomh,
Bha ceo sna h uile talla bhann,
S teine aithair air na slibhtean
Chual mi s no gasaidan,
S gach ait bhi ga leubha,
Gu n deach an ruaig air Bounapart,
S an onair aig a Ghreamach.

[TD 190]

S lionar bratach albanach,
Tha basach balla bhreac boidhach,
Tha eadar a chrioch shasanach,
Arca s tigh Iain Grota,
Fir laidair shanntach thograch,
Nach oba dhol an ordugh,
Gu dol n coinnidh Bhonipart'
Chuir onair air Righ Deorsa.

Cait am biodh na h Albanaich,
Daoin uailse calma treubhacn,
Fir shundach shandach thogarach,
Na seoid nach oba eiridh,
Ach o nach diu laimh leo,
Do bhas a thoirt le treun bheart,
Sann thilg iad air sgaith traigh thu,
S gu n basich thu chean beidh ann.

S beag leam sud mar phian a ort,
Le mhiad s a rinn thu dh eugair,
Ach leir sgriss nan deich plaighan,
Bhair righ pharo ann sa n eiphait,
Gu n luidh e air a chraicainn,

Gad shrac a as a cheil a,
S gu cluinnte uat deich mile thu,
S mi fhein a bhi ga d eisdeachd,

S tus chail do naradair,
Bha dan dhut bhi an dochas,
Gu n leiga sinn a shasun thu,
Gad glac thu uainn Hanover,
Ach cuiridh siune dhachidh thu,
Le seachdair air do thoireachd,

[TD 191]

S mor d thoir thu grad do dhaoine leat,
Cha ruig a h aoin diu beo thu.

An saoil thu nach ba ladorn thu,
Bhi bagra air righ Deorsa,
An cual thu fear chuir aodain oir,
Nach daor a phaidh e ghorich,
Ga d choisn ainneart dhut,
N fhraing a chuir fo t ordugh,
Se t amhach bheir an diol a ann.
Le sgenidh caol na chorcich,

Nar thig am Morair Sieibhteach,
S na ceudna do chlann Domhnuill,
Mar sud is mac mhic Alastair,
A ghleann Garadh agus Chnodairt,
Nar thogas iad am brataichan,
Sa n gaisgich a chuir comhla,
Cait am faod thu d fhalach orr,
Mar sluig an talamh beo thu.

Ma chi iad aona phlaosg dhiot,
Bith greim ann a momant,
S cha neil a dh eich na dhaoin agad,
Na shaor s tu o meoran,
Gad eireadh na deich legion,
Bhaig Cæsar ann sa Roimh leat,
Cha lasich iad t amhach,
As na lamhan aig clann domhnuill.

Nar thig Mc Coinnich Bhrathinn ort,
Le chearna do dhaoin uailse,
Sud a bhratach aigeanteach,
Cabair an daimh ghruamich,
Cha tar na bheire pille orr,

[TD 192]

A cruinneach ma cuart doibh,
Nar thigedhfir cheann Taila,
Co an geard a chuma uat iad.

Nar thig an cinnidh Frisalach,
Tha fiios gur daoine borb iad,
Gun racha iad troimh theine,
Le Mc Shimidh mhoir na Moraich,
Cha tar na bheire pilleadh,

Air na fir ud nuair bhi calg orr,
S gad rach a tu fo n talamh,
Se mo bharail gu m bi lorg ort.

Nar thig Mc I[?]oisich,
Le sheoid oirn a srath eirn,
Mar sud agus fear Chluainidh,
Le am fir an gauillaibh cheil,
Ma gheibh an cat na chru-ain thu,
Le dhu-ain beaga geur,
Gad bhi cach air bheagan diot,
Bhiodh aig sa chuid fein diot,

Tha clann a Nab a bagra ort,
S iad o cheann fhad an deigh ort,
S ma gheibh iad ann am fagas dut,
Gur grad a bheir iad leum ort,
Brisidh iad do bhatridhan,
Nan spealtan as a cheil,
S bith tus an sin a d stairsnich,
Fo chasan nam fear gleusd,

Tha Gordanich an toir ort,
Cha neil beo na ni do thearn,

[TD 193]

Nar dheiras morair Huntain,
Le fheara ionnsichte laidair,
On se fein s coirnail,
Air na seoid ga buin buaidh larich,
Se chanas sinn gu bi-chsoimt,
An da fhichead is na dha riu,

An cuimhnich thus a chearna,
Chuir lath Fantanoi,
Sa sheasamh ann sa n araich,
S cach a chuir air fogra,
Chi thu nis sa n fhraing iad,
Fo chomand aig Morair Gordon,
Se ni do lamhs dh fheum dhut,
An reusar chuir ri d sgornan,

Tha Rosich agus Rothich,
S iad ro choimheach dhut le cheile,
Ma gheibh iad ma do chomhir,
Gabh mo chamhairle s thoir thu fein as,
Ach ma chi thu n fhirean,
Tighinn le scrib ort as na speuran,
Na gheibh i ann a cruthanaibh,
Luthaig oir fein e.

Nuair chruinnachas na gaisgach,
Thig o Apinn icain Stiuard,
Sliochd nan righrean Albanach,
Ga d thig a n arm a rusga,
Co bheireadh tair dhoibh,
Nach faithadh paidh dubailt,
S ma gheibh iad ann a n sas thu,
Gu brath cha n fhaic thu ad dh uthich,

[TD 194]

Nar chruinnacha Clann Ionmhinn,
Cha simna air a chul iad,
S mithich dhut bhi tiomna,
Nar tha an t iomradh ud a dusga,
Ma dh eireas duibh gu n tachair sibh,
S gu am faic iad thu le n siulean,
Sud na fir a chath, ann sa n athar do smuid thu.

Tha Caimbulich cho naimhdail dut,
S iad sanntach air do mharbha,
An Diuc tha n ear-ghael,
S pairtidh mhorair bhraid Alban,
Cait am bheil na thearnas tu,
S na h armain ud a sealg ort,
S ceart cha math dhut faladair,
A charamh ri do shealbhan,

Nuair thig Clann a Ghrigair,
S neo-chlibach a chuir ruaig iad,
S fir iad nach gabh pilleodh,
Le teine na le luaidh,
Le n gairdain laidair smiorail,
Se le n lannaibh biorach cruathich,
S ma chi iad fad na h orlich dhiot,
Cha bheo na chumas uat iad,

Thig sisalich srath-ghlais ort,
Na n lasgarchan ma cuart dut,
Le n lannan geur chinn aisnich,
Tarsuing air an cruachinn,
Nar thoisichas na gaisgich ud,
Ri n taruing as na truaillach,

[TD 195]

Chi thu do chuid bratichan,
Ga n stac ma do chluasan.

Thig mac ill Leathain Duthairt ort,
S gur subhach ni iad greim ort,
Le dhaoin a laidair luth chleasach,
Nach diult a la na dh oiche,
Ni iad sin do sguirse,
Gu cuil n ait slaithidair,
Theid thu air do ghlunan doibh,
Nuair chi thu gnuis an shoithdair.

An sin thig ort na Camaranich,
Fir laidair anamant eolach,
Da thaobh loch ial s arsaig,
S a chaistail ionmhar locha,
Nuair a thig na saithdairan,
Bha math stroichd feola,
S cha mhioga air pronn a chnamhan iad,
S ba ghna leo fuile a dhorta.

Thig mac Neithil a Bara ort,

Le dhaoine faillain finalt,
Daoine bheire a ficheadan diu,
Brise as na miltean,
Plaoisgidh iad mar dhealainich,
Ri oiche ghaileant dhilinn,
S ma d theid thu ceart a t fhaireach,
Bi ain-neart mara is tir dhut,

Nhig Clann a n t Shaoir an chruachan ort,
Na fir san ruaig nach dibira,
Nam dol ann sa chabhaig,



Sud na gallainaibh nach pillte,
Sliochd nan gael cruadalach,
Ba dualach dhoibh bhi dileas,
Gu dol an coinnidh Bhonipart,
Chuir onair air an righeachd.

Nar chruinnachas Clann Fhuinnla,
Na fir shunndach tha gun euslan,
Bheir iad ort gun d thoir thu cunntas,
As na dhionnsuich thu do dh eugair,
Cait am bheil do fhrangich,
Na cheannsichadh le streup iad,
S gu n d thuga iad gu cioslacha,
Na miltean leis na ceudan.

Thig fathasd Diuc Man-troas ort,
Le fheara mor an deigh ort,
Sann an sin thig an dorinn ort,
Nar thoisichas na greamich,
S an t aon fhear tha ri t aodain,
S e daonan cuir retread ort,
S cha n fhad gus am bi do cheann aig,
Ri crann ma se thail fein e.

Guidhamid buaidh laraich,
Leis na Ga-eil s gach ait n d theid iad,
Toile-inntin aig ar cairdean,
Is ar naimhdean bhi geille,
Mar chual a mise a chaismachd,
Bha taitneach ri eisdeaced,
Air lath seilleir samhraidh,
Air causairean Dhunedan.



Oran le D—— G—— do Iain Camaran an cill a chonnain n rainneach tha n trasa an Duneadan.

Air fonn.—A chuachag na n croabh nach truagh leat mo chaoidh.

Beir n t shoridh so uam gu iain Camron le buaidh,
Air t ainm dheanin luaidh le eibhneas,
Na m ba bhard mi gu duan chuirin aird air sa n uair,
Dheaninn oran gu luath chuir an ceill dut,
Fleasgach sibhailt a suairc fearail fir-ghlic gu ghruainm,
Cha n eil mi thlachd fuaighte ri d bheusan,

S iomad ribhinn deas og bheire milte do n or,
Ann sa n tim chionn bhi poista on chleir ruit.

Fear do ghliocais s do riaghailt thu e tearc feadh no n crioch,
Ba sheachranach ciad dhiu an Albain,
A thig a naird riut s gach rian ann a cainnt a s n gniomh,
An ionnseach an cial a s an eanachan,
Ba tu poitair n fhion dheana ol a s dhiol,
Cha bann le geocaireachd fhiar na le cealgaireachd,
Na n deanin conard chuir sios miad do mhorachd s t fhiach,
Bha cor agus mios ann gu seanachas domh.

Sann am braigh rainnach nam bo fhuair thu tarach as t oig,
Cha do cleachd thu fo d bhrogan an causair,
Ach suibhal ghlacagan feoir s do ghunna fo d sgot,
Bhiodh daimh mhullich nan croc dol air chall leat,

[TD 198]

Aon dannsair a b fhearr cha do shaltair air blar,
Na scriobhair air clar chaidh an taobh thall dut,
Ba tu an sgoilair thair chach ann a beurla s an-gailic,
Ciod cheard thigadh cearr gu do laimh ort.

S math thig breacan am feil socionn baca do shleisd,
Air a pleata gu reidh ann a n ordugh,
Cot an tartain ga reir air a bhasa ri cheil,
Ba mhaiseach fear t eugais measg coisri,
Osain mean bhallach ur ma do chalp cruinn dlu,
Paidhir ghartain o n bluth chosta or dhut,
Bonaid dathte air a chrun ann sa n fhasana s uir,
Ba tlachdar air thus nam fear og thu.

Thig sud ort sa n uair man do leasra man cuart,
Cris an leathar s e nuadh as n olaind,
Claidh ceanna-bhearteach cruaidh air a thasgi na thruail,
Paidhir dhag air a chruachin mar chomhla,
Plasg la n fhudar lom chruaidh gunna dubailt s cris guail,
Dheana udlich na m bruach a leona,
Bheire tarmach a nuas coileach duth s eun ruadh,
Bhiodh an eala air a chuan gun deo leat,

Tha thu cuin ann a n sith tha thu borb ann an stri,
Smairg bhiodh an ti air t fheuchinn,
Nuair a thionndadh ort fearg tha thu ceannsgalach garg,
S tearc ann fhear a n Alba bheire beum dhut,
Nan thiga naimhdean a d dhail chum do chall gun chean-fath,
Ba lionar a d phairt a dh eireadh,

[TD 199]

S iomad camranach ailt racha dian ann a d chas.
Sgath sios mar an cal luchd na h eucarach.

Bith Loch Ial leat air thus ard thriath nam fear ur,
Cha b fhiamhach n am cuis a reiteach,
Bhiodh na ciadan ri chul claidheach sgiathach nach diult.
A racha sios leis an tus na streupaid,
Sud an ceannard fhuair ainm ann sa t sheann tim n allba,
Stric fhuair a dhearbh ann an deuchinn,

Gad bha naimhde air sealg ris an gamhnlas ro gharbh,
Fhuair e onair s ainm o righ seumas.

A dh eireadh ris leat ri thaobh fear nan earrachd le dhaoin,
Sud a chearn e nach b fhaoin na n eighte iad,
S iad a gearra le faothar mar fhalaisg ri fraoch,
Feasgar earrich sa ghaoth a seida,
Dh inse Bonipart thall ga m trom ris a chall,
Gun thachair ris ceann an leir sgris,
S lionar marcach eich seang rinn thu chagairt sa n fhraing,
Chuir u dhachidh gun cheann gun leirsinn,

A gleann Ibhais am bi an ceo thig na fir tha gun gho
Dochanasidh s na sroin le cheil,
Clann ic Mhairtin na seoid a racha dan leat sa n toir,
Dheana cnamhan is feoil a reuba,
S iomad miltean a bhar nach dean mi inseadh an drast,
Bheire binne a bhais air luchd eugair,

[TD 200]

Bhiodh droch dhiol air a ghraisg s mairg a dhiara nar dail,
Nuair a dhiante libh claidhean a gheuracha,

Co thagra tu an stri na bhagra dhiot cis,
B aimideach on ni dhoibh bhi feuchinn,
A mach o armailte an righ cait an coinneacha tu ni,
Thairg dhut spid thoirt na beum dhut,
Shar chamaranich o n iar tha mo sheanachas gu crioch,
S cha d ainmich mi trian dheth do bheusan,
Dean a ghloinn dhuinn a lion s do dheoch slaint theid sios,
Do n rum thain nios a Simeca,

Oran Muilair an t shadich.

Air fonn.—Tha me fhein s mo sgepi gabhail moran eagail.

Gu de rud chuir mis gu bhi an t shadich,
B fhearr bhi feadh na n slisag cluich ris na maidoin
Se laodhadich mo mhisneach no cogan a bhi glagach.
Na clachan a bhi gliogach s gun diog aig a chlabar.

Gur e mac an tuairnair rinn a n duna,
Mo dhealgan a ghluasd s na bha ma mhuinal,
Thog e chlach uachdair s dual a mhuilne,
S ba shleamhna nan t shluaisd i s cha d chuir e buille innt.

Thuirt mi ris a breac is mhionnich e gu h as caoin,
N fhear nach robh cneast nach cuire e dab innt,

[TD 201]

Thuirt anabal s peachdach dhut mar fag thu ceart,
Thuirt e gu n be n reachd a bhi brise na h acinn,

Gu bheil fasan ur a measg nam muilair,
Bhi brise bhan nan crub sga cuir a cuma,
Fasan nach fiu e thainig a muile,
Si n doidag chuin e sann leam ba duilich.

Bha ise lan ghisan lan ghispan is ghaspan,
S cha do choisne mis air thug m mhaoil an craicinn,
S mar biodh domhnul iochdor air chinnt a bha sinn creachte.
S mo chairdean le gliocas bhi cumail ruinn taic.

Cuim an leiginn air di-chuimhne an tealach cheanalt,
Da n robh mi paidh cis airson mo chuid fearrainn,
Ged bha mi gun ni cha robh mi gun bhainn,
S pailteas do n cuid mig o n thainig mi n bhaile,

Ach orrsa gun gun robh pisach o na stric chaisg iad,
Do dh fhear s do fhichead an cuid iot s acrais,
S nuair a bha mis gun fhios air mo chairtail,
Bha m ol agus m ithe gu tric ann a nasgidh.

Ach o n sheasas a n fhirinn an lathair barain,
S e s eiginn domh inseadh a n tha e fallain,
Gu n robh rudeigin diomhair an ait a fallich,
Nar bhath a ghriosach a bh air an teallach.

Thuirt cuideigin chneast nach cuir iad as i,
Thuirt athair gu smachdail nach faga iad srad di,
S bha gach seol bh ac gn m fhortans a bhaca,
S bha mi-ruin a chaiptain air seol welcom ceartais,

[TD 202]

Ach gur e n cruadal bhi dol na mhuilne,
Mar toilich mi an tuath bith mi ann on cunnart,
B fhearr bhi san uaigh na bhi fo n cumh
Falbh mi di-luan s theid mi bhaile a Lunnin.

N sin nar labhair isbail leis mhiga mhaga,
Mar tairninn fo m chris i cha tearna mo chlaigin,
Chaidh sinn car tiot nar sina fo n phlaid,
S chaidh gach bron s gach trioblaid gu pogan s gu caidribh.

Thuirt i ruinn a thrail nam b odha thu ad shean air,
S t athair os bar bhi na mhuilair gun mhearachd,
Do dhualochas na cheard cha robh na ba dainngan,
Mar faithte a measg a ghrain thu do bleath sa n treabhailt.

Thuirt i ruim gabh misneach eirich is bi tapidh,
Sruig suas iain midsail s bheir e dhut na facail,
Cha laothid mheas ort gad robh thu gealtach,
Nuair a gheibh e fiosrach thu bhi measg a dhaltan.

Rainig mi an treun-laoch athair gach curridh,
Cridhe na fealachd s oid gach muilair,
Dh innis mi dha an steigh air an robh mo thuras,
Gun rachin sa dh eirn s nach pillinn tuile.

Thug e cupal s lis dhomh is thuirte cab a chac ruim,
Mhaoidh e mo chike mar pillin dachidh,
Bheir mi dut na gibhte ma s mac thu ghilaspig,
S theid mi suas le m phiocaid s breac mi chlach dhut

Bha mi gam chluaideach an a deagh na m buillan,
Dh aithnech nach b fhuathach leis mi ach mi dh fhuireach,

[TD 203]

Na n racha e suas leam gu ruig a muilne,
Cha seallinns air gruamach gad fhaithinn tuile,

Fhosgail e an sin cist air robh fichead stapal,
S leabhar dearg na fiosachd ga chiot na achlais,
Fhuair e cearcal miotailt is chriosrach e altair,
S chaidh e sios thiot gu uisge loch leacann.

Shiubhail e suas air imeachd an t shru-ain,
Cha robh toll na bruach ann nach d rinn e shiubhal,
Chu robh bodach na uabhas a bha san uidhe,
Nach do Theich sa nuallanich ris na bruithin.

S ann an sin bha n shitrich a measg a ghlasrich,
S leabhar dearg iain midsail ga d tip s gan tap,
Cha robh buidseach na bidseach rinn a n litiar a ghlac,
Nach d fhuirling e thiot s dhibir e gu naig iad,

Nis leiga mi dhiom gach cruadal is tuire,
S Ga boile le luchd m fhuath bi ann amhuilair,
Sgeul a bha cruaidh orm gun bhi murach,
S rinn mi sud suas air fear na curichd.

Thuirt e ruim cha mhist thu mis a bhi an taic ruit,
S luchd nan lub a gisa leiginn dut am faicinn,
Chaisrig mi t uisg t iarran agus t acinn,
S cha bhris luchd nan gisag nis gad shrac iad.

[TD 204]

Oran do n uaigh agus do n bhas le Donncha gobh.

Air.—Fonn a Chlaiginn.

Mile a marbhaisg ort a uaigh,
S neo-dreachar do thuar,
Gun mhaisa gun snuadh air a chre,
S thu glaca an t shluaigh,
S ga n casgairt gach uair,
Mar ni sionnach nam bruach air an treud.

Uaigh gheanich gun tlachd,
Tha do chiocras do-chasg,
S cha riarichar am feasd do mhiann,
Gad tha an sluagh mar am feur,
Tuiteam sios ann ad bheul,
S ann tha acras do chre dol amiad.

Rinn thu buachail dheth n bhas,
Chum ar cuartach a d dhail,
On rinn am peac dhinn trailan fann,
Gun chomas teicheadh a d lathair,
S sinn gun neart chuir ruit blar,
Gun fhear cuideach gar tearna o d laimh.

A bhais an-iochdar chruaidh,
Nach fannich sa n ruaig,

Neo-tharis gun truas gun bhaidh,
Ba tu an gaisgeach thoirt buaidh,
S cha chaisg thu le duais,
S cha d thoir u dhuinn uair gu dail,

Tha thu beag-narach dan,
Gun eagal gun sga,

[TD 205]

Do dh iosal na ard cha gheill thu,
Air feobhas nar geard,
Cha dean sin ar tearn,
Cha bhi aon neach air chall ort do n treud.

Rinn thu uaill asad fein,
Chuir thu t uabhar an leud,
S gu airde nan speur chaidh thu suas,
Rinn thu rannsach gu leor,
Chum na h ainglean a leon,
Agus oighre na gloir thug thu nuas.

Nuair a fhuair thu e steach,
Chuir thu seul air an leac,
Chum s nach eireadh e mach gu brath,
Rim ifirinns thu fein an cinn chuir ri cheil,
Chum a chumail fo dheilaibhan sas.

Ach be sud ionnsuidh do bhroin,
Se chreach do thigh stoir,
Air do dhoimhnichan mor thug e buaidh,
Dhuisg e mach asd gun dail,
S dh fhag e falamh thu s fas,
Agus iuchair a bhais thug e uat.

Chaidh suas dh ionnsuidh gloir,
Le buaidh-chaiream mor,
S rinn e naimdean a leon e s chlaoidh,
An deighse an uaigh dheanamh blath,
S an gath cruaidh thoirt o n bhas,
S tha chumhachd gu brath os an cinn.

[TD 206]

Oran do n t shaoghal le Do nncha gobh.

Air fonn.—Iain og mac an eildair.

Mile mairbhaisg ort a shaoghail,
Tha thu caochlaideach sanntach,
Tha thu an toir air na daoine,
Chum n gaol tharing t ionnsuidh,
Ni thu a mealla gach aon diu,
Chum an claona gu h ain-neart,
S gur cealgach do smaointan,
Ged s caomh ni thu cainnt riu.

Stric thu n deigh air noigridh,
Chum coir orr a bhuannachd,
Ni thu an tarruing gu mor-chuis,

S gu bhi neo-ghlan na n gluasad,
Ni thu a mealla gu dorrinn,
De do sholasan suarach,
S cha n fhag thu comhdach an nair orr,
Nar chuirte thamh anns n uaigh iad.

Gad a tha sinn gun storas,
Cha aobhar broin duinn bhi cainnt air,
Tha ar n earbas an conidh,
A trocair o n ard righ,
Gad do chruinnich luchd do bheart,
Suas or mar na carnabh,
Cha d thoir e am feasd dh ionnsuidh gloir iad,
S thair iordan cha snamh iad,

S beag aobhar ar gearain,
Gad s talachail dan sinn,
Cha do thoill dhuinn ar gniomharan,
An treas trian do mar tha sinn,
Na m feum sinn diol,

[TD 207]

S na fiachan a phaidh,
B fhad a dh fhaga sin sios sinn,
Fo riaghal a ar namhad,

Mar bhi na fhuair thu do choir orm,
Ann am oig nar bha mi,
S mi gu tais chridheach gorach,
Fo d chleoc rinn thu m thala,
Stric a gheall thu solas,
Agus moran do lathan,
Sann a fhasgail thu seolta,
Tigh storais a bhais domh.

S mairg nach ionnsich mar chleachd,
Deagh reachdan a ghnathach,
Fhad s tha uine gu beachdach,
Si dol seachad gun dail oirn,
Cha d thoir cuine air ais i,
Mar glac sinn na thra i,
Bheir gach domhnach leis seachdain,
S bheir am peaca oirn am bas leis.

Gad tha sinn cuir dail ann,
Le meud ar graidh air a pheaca,
S sinn smuaineach bhi trathail,
Airsan tionnda o r seachran,
Nuair thig teachdair a bha is oirn,
Cha um pairtidh air ais e,
S mar bi sinn deas air an tra sin,
Cha ghabh sgailan ar leisgail,

Dhuinn s mithich bhi dusg,
Ghabhail curam do r anam,
Fhad sa dh eisdar ar n umigh,
Ma sa duinear a n doras,

[TD 208]

Agus sinne air a chul thaobh
Gun fhear iul ach an donas,
S trom or n ealleach ri ghulan,
Cuir or cul-thaobh ri sonas.

So n tam sheachna doirrinn,
S dh iarridh coir air na flaitheas,
Fhads tha gealla air solas,
S gheibhear trocair gun cheanneach,
Ma ni sinn n tra so dhiult,
Cha n eil ar n uin anns a nt sheallladh,
Fhaodte a maireach gun duisg sinn,
S e o n ar suilean am falach,

Faic na maidanan gorach,
Le faoin dochas bha faire,
S iad faithidh n fhir nuadh- phosd,
Le n lochranaibh falamh,
Nuair thainig gairm dol n a cho-ail,
Sann bha an stor ac ri cheanneach,
S mas am b urinn iad tionnda,
Bha an crann air an doras.

Nuair thig lath a chuairtich,
Theid na buchailean tharuing,
Theid urlar a bhualidh,
A sguaba gu baileach,
Cait an teich luchd a n uabhar,
Ann sa n uair sin ga falach,
Nar theid n fhairg shiola,
Sa chriathrar an talamh.

Nar thig breitheamh gach cuis,
Theid a chuirt chuir na suidh,
Theid an sluagh thoirt dlu dha,

[TD 209]

Ead ar Iudhaich s chinnich,
Theid gach cogais dhusg,
Thoirt seachad cunntas ma slighe,
Theid claidhe cheartais a rusga,
Chum bhi s grude na n cridh.

Thig do pheacan a lathair,
S bith an aireamh mar reultan,
Do smuaintean s do bhriathra,
S theid gach diomhaireachd fheuchinn,
Cait a n seas thu sa n tim sin,
Cha dean t fhireanteachd feum dhut,
Ma se nach faithir an criost thu,
S trom an dioghaltas tha n deigh ort.

Se sud seasamh a chruadail,
Aig sliochd uaibhrach nan nathrach,
N i crith agus uamhann,
An gluasad a n talomh,
Sann a nis tha an truaigh,
Tighinn le uabhas nan amhrac,

Ciod a bheirte sa n uair sin,
Air son suaimhneas dha n anam.

Deanaibh dichoill mo chairde,
Air an t shlaint so bhi agaibh'
Ma theid sibh chuir dail ann,
Thig am bas oirbh mar ghadaich,
Am feadhse n diu th air an la so,
Na ba tamh dhuibh na s fhaide,
Cha bhuin dhuibh a maireach,
Gu bhi faghail dha obhair.

[TD 210]

Laoidh le Donncha Gobh.

Air fonn.—Lath a bhreithanais le Dughal Buchannian

S mis an duine bochd fo leon,
Air mo reiceadh beo fo na pheac,
Cnamhan tiorm fann gun fheoil,
Nan luidh n gleann nan deor gun neart,

Aig minntin cha neil fois na tamh,
Null sa nall o ait gu ait,
Tha n lagh ro chruaidh gam ruag gu dian,
A dhionnsuidh chriosd ach sin cha nail.

Carson nuair ruga mis an tos,
Nach d thug mi n deo gu h ealamh suas,
Ciod uime ma s fac aon neach mi beo,
Nach do ghulain leo mi thun na uaigh,

An sin gheibhinn fios s tamh an sith,
On pheac s o innleachdan an diabhail,
On t shaoghal o n fheoil o gniomhran claon,
O h an-miannaibh faoin do riar.

Gad lean am peac a gin mi nios,
Troimh an robh mi riamh am thrail,
Man chuir mi mo chionnta miad,
Le peac a gniomh chuir na dhail,

Mo chionnt tha mar na sleibhte naird,
Do-rannsacha tha iad mar an cuan,
An aireamh mor do-chuir an ceil,
Man reulton ann sa n athar shuas.

Cia n ait an d theid mi airsan dian,
Am bheil ionnad diomhair fo na ghrein,
Da n teich mi mach o lathaireachd Chriosd,
S s fhearg an Dia ta uile threan.

[TD 211]

Gad a ni mi leaba ann sa chuan,
Rannsaicha tu e nuas gu ghrund,
Tha nan neamhan shuas sa n cruinnache,
S ifirinn fein am beachd do shul,

Na sguir thu tur a dheanamh grais,
Na therig do ghradh s na chaochail t iochd,
An comas dhut mo shaora Dhe,
Gun lagh do cheairtais fein a bhriste.

Ma shaorar mise le do ghras,
Sa n t shaoghal tha lathair co dhiteas thu,
Nach tu m fhear cruthach agus dealbh,
Do dhuslach talamhinn rinna mi an tus,

Och smi an duine truagh thair chach,
Se corp a bhais so tha ga m phian,
Nach leig dhomh dheanamh a math a bail,
Ach an t olc a lathair s ga chuir an gniomh,

Am bheil ionnad falaich ann n Criosd,
A dhionas mi o d chorruich mhor,
On mhallachd sin tha m dheigh gu dian,
So cheartas Dhia tha orm an to ir.

Air sga chriosd se air cheusa,
Cuimhnich orm a Dhe le h iochd,
Easan a dhiol do cheartas geur,
Sheas roimh chorrich t eud am riochd.

O deoinich thus dhomh do ghras,
Chum teich dhionnsuidh lathaireachd chriosd,
Cuir tart is ciocras mor air m fheoil,
Dh iarridh do ghloir le muile mhiann.

Fhad sa s beo mi molam thu,
Athair gach duile bhos is shuas,
An t athair am mac sa n spiorad naomh,
An truir s aon an naomhachd bhuan.

[TD 212]

ORAN do Pheiggi,Stiuard.sa chroit,am baideineach. Agus do Sheumas Dughlas.an sru-ain n Athall.Air,Fonn.Iorram na truaigh.

Ach a Pheiggi og Stiuard,
S ann ort tha mo ruin ga bhi cainnt
Nach eil anns n duthaich,
Bean do mhaise is do ghiulan ach gann,
Ciallach banail ro iular,
Fialidh farasta cliuteach gun mheang,
Tha deagh theisteis ort dubailt,
Ann s gach ionnad sa n dutaich bhos s thall.

Bean is cuimeir na pearsa,
Cha d rinn i riamh seasamh air broig,
Tha do shlis mar an eala,
Deud dhlu gheal mar chanach an loin,
Suile ghorm mar an dearcag,
Gruaidh mhin dearg mar chorcar na rose
Tha t fholt cama lubach dualach,
Ann an sid air chuir suas mar ba choir.

S lionar fear a tha n ti ort'
Eadar Lagan, Loch, Inseadh, is Srath Spe,

Ga m bheil airgid is storas,
Leis am bait thu bhi poist ac on chleir
Sa cheannacha le or thu,
Nam be s gu m faigha iad coir ort dhoibh fein
S an lath nithear do chorda,
S iomad cridhe bhios leointe ma dheibhinn.

Gur e Seumas, og Dughlas,
Thainig oirnne o Shru-ain a nall,
N am bhi g aireamh a chunntais,
Theid a charamh mar chrun os an cionn,
Ach ma ni thu leis luba,

[TD 213]

Cha n fhaic mi sa chuis sin thu meallt.
Cha n eil ach tearc ann sa n duthaich`
Fear o n eisde e cul-bheum sa n am.

Fleasgach stoilte glan uasal,
Ga m bheil foghlum is suairceas ciall,
Ga m bheil tuigse agus geire,
Cha be fhasan bhi leudach na m briag,
Do luchd mi-ruin cha gheill e,
Is cha ba chleachd leis bhi g eisdeachd ri n sgial
Miad do ghliocais s do reusain,
Cha dean mise dhui leubh dheth train.

Ba tu sealg na doire,
Agus marbhaich a choileich air gheig,
S na h earbaig a duinne,
Bhi sa gharalach a fuireach leath fein,
Air an fhiadh ba tu an cealgair,
Agus iasgair na fairge le cheil,
A bhradain mheanamh-bhallaich earr-gheal
Aar a n aigal ga mharabh ris an leus.

Cha n ann a crion-choille an fhasaich,
Dh fhas am fior mheangan aluinn ud suas
Ach a fion-chrann a gharaidh,
Nach searg ri gaoith laidair na fuachd,
Shochd na n treibhan bha ainmail,
Leis an eireadh na h armailtean suas,
Theid sna blarabh neo-chearbach,
Dhfhaga sa n araich a s iad marbh luchd am fuath,

S math thig dag agus biodag,
An tasgidh an cris air an laoch,
S claidh cruaidh thig o n cheardaich,
Noch luba s nach bearnte sa n faothar,

[TD 214]

Gunna caol a bheoil aimh-leathain,
Leis an leagte damh seang air an raon,
Smairg a bhagra thighinn teann ort`
Nuair thogte le angar ort fraoch.

Ma si Peiggi og Stiuard,
Air no leag thu do ruin airson mnaoi,

O na thagh i thair chach thu,
S ait an naidheachd ri chlaistinn sud leam,
Ged is gann tha mi storas,
Chionn s gu am faicinn sibh poiste air laimh
Chostain guini dheth n or ris,
Is paidhir dhubailte bhrog air cheann.

CRIOCH.